TeeJay Publishers

SANDBANK PR.
SANDBANK

# Cùrsa Matamataig Ìre B

Air a chruthachadh bho thùs le buidheann-sgrìobhaidh TeeJay

J. Geddes (P.T. Matamataig - Àrd-sgoil Rinn Friù)

T. Strang (a b' àbhaist a bhith na Ph.T. Matamataig - Àrd-sgoil Bhruach Chluaidh)

le taic a bharrachd bho

Katie Timney (Tidsear - Pàirc an Rìgh, Dùn Dèagh)

Asha McLorinan (Tidsear - Bun-sgoil Naomh Pius X, Dùn Dèagh)

Taing shònraichte do Phauline McShane airson cuideachadh le freagairtean an leabhair seo.

LEABHAR-SGOILEIR B

**TeeJay Publishers**
Bogsa-puist 1375
Ceann a' Bharra
Glaschu
G78 1JJ

Fòn: 0141 880 6839
Facs: 0870 124 9189
Post-d: teejaypublishers@ntlworld.com
Làrach-lìn: www.teejaypublishers.co.uk

© TeeJay Publishers 2005
A' Ghàidhlig (c) Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth Riaghaltas na h-Alba 2012

A' chiad fhoillseachadh ann an Gàidhlig ann an 2012 le:
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig
11/12 An Acarsaid
Cidhe Sràid Chrombail
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DF
www.storlann.co.uk

Na còraichean anns an leabhar seo uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith den leabhar seo ath-riochdachadh ann an cruth sam bith, no air dhòigh sam bith, gun chead ro-làimh ann an sgrìobhadh bho na h-ùghdaran agus bho Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig.

Tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' faighinn taic o Bhòrd na Gàidhlig.

Faodar cùis-lagha a thogail an aghaidh duine sam bith a nì lethbhreacan den leabhar no pàirt den leabhar gun chead.

LAGE/ISBN:- 978-1-907054-54-9

# Ìre B

Faodar an leabhar seo a chleachdadh an dà chuid anns a' Bhun-sgoil agus anns an Àrd-sgoil le sgoilearan a tha air Ìre A fhaighinn.

- Anns na h-àrd-sgoiltean, faodar a chleachdadh le sgoilearan a fhuair Ìre A anns a' Bhun-sgoil no tràth anns an Àrd-sgoil.

    - Tha e feumail airson sgoilearan ullachadh airson Deuchainn Nàiseanta aig Ìre B (**no co-ionann**) a shuidhe aig deireadh bhliadhnachan 3,4,5,6,7 sa Bhun-sgoil no aig deireadh AS1,2.

    - Chan eil eacarsaichean A agus B ann idir. Tha an leabhar a' dol thairis air a h-uile cuspair aig Ìre B. Cha leig an tidsear a leas a bhith a' feuchainn ri dèanamh a-mach gu dè na ceistean a dh'fhaodte fhàgail às no gu dè na h-eacarsaichean a tha cudromach. Tha iad uile cudromach!

    - Leis an leabhar seo, faodar an obair a tha cudromach aig Ìre B a dhèanamh le AON leabhar.

    - Chì sibh gu bheil "**Caibideil 0**" aig toiseach an leabhair. Air na deich duilleagan seo tha sinn a' toirt sùil air ais air a h-uile cuspair aig Ìre A. An lùib seo, dh'fhaodadh sibh measadh a dhèanamh feuch an do ghlèidh a' chlann na bha còir aca a bhith air ionnsachadh aig Ìre A.

    - Tha sinn a' cur cuideam air sgilean "gun àireamhair" is a' feuchainn ris na sgilean sin a bhrosnachadh air feadh an leabhair.

    - Aig deireadh gach cuspair tha "**Geàrr-chunntas**" mar dhaingneachadh.

    - Tha paca ann airson obair-dachaigh agus faodar lethbhreacan a dhèanamh dheth. Tha paca-measaidh ann cuideachd a dh'fhaodar a chleachdadh an dèidh gach cuspair, no faodar measaidhean a dhèanamh air a dhà no trì chuspairean còmhla.

    - Tha duilleagan-obrach (faodar lethbhreacan a dhèanamh dhiubh) rim faighinn airson an cleachdadh an cois cuid mhòir de na h-eacarsaichean. Cùm do shùil a-mach airson a' chomharra seo:-




Chan eil sinn idir duilich gun do chleachd sinn uimhir a dhathan san leabhar seo, an dà chuid anns an teacsa agus anns na diagraman - tha sinn cinnteach gun dèan na dathan an obair nas aotruime!

*Tom Strang agus Jim Geddes*

(*Sultain 2005*)

# Clàr-innse


| | | | Duilleag-obrach | Duilleag |
|---|---|---|---|---|
| Caibideil 0 | | Sùil air ais air Ìre A | | 1 - 10 |
| Cb 1 | Luach a rèir àite | Luachan a rèir àite agus a' tomhas | 1·1, 1·2, 1·3 | 11 - 14 |
| | | Ceudan, deichean agus aonadan | 1·4, 1·5 | 15 - 17 |
| | | A' cruinneachadh chun an 10 as fhaisge | 1·6, 1·7 | 18 |
| | | **Geàrr-chunntas** | | 19 - 20 |
| Cb 2 | Co-chothromachd | Cumaidhean co-chothromach | 2·1, 2·2, 2·3, 2·4 | 21 - 24 |
| | | Loidhnichean-cothromachaidh | 2·5 | 25 |
| | | **Geàrr-chunntas** | | 26 |
| Cb 3 | Cur-ris | Cur-ris sìmplidh - (gun toirt leat) | 3·1, 3·2 | 27 - 30 |
| | | Cur-ris le "toirt leat" | 3·3, 3·4 | 31 - 35 |
| | | A' cleachdadh àireamhair | | 36 |
| | | **Geàrr-chunntas** | | 37 |
| Cb 4 | Toirt-air-falbh | Toirt-air-falbh sìmplidh(gun toirt leat) | 4·1, 4·2 | 38 - 41 |
| | | Toirt-air-falbh le "toirt leat" | 4·3, 4·4 | 42 - 46 |
| | | A' cleachdadh àireamhair | | 47 |
| | | **Geàrr-chunntas** | | 48 |
| Cb 5 | Ceàrnan | Dè th' ann an ceàrn ? | 5·1 | 49 - 50 |
| | | An ceàrn ceart | 5·2 | 51 - 53 |
| | | **Geàrr-chunntas** | | 54 |
| Cb 6 | Airgead | A' cleachdadh airgid | 6·1, 6·2 | 55 - 57 |
| | | Airgead is deicheadan | 6·3 | 58 |
| | | Cur-ris is toirt-air-falbh le airgead | 6·4 | 59 - 62 |
| | | **Geàrr-chunntas** | | 63 |
| Cb 7 | Iomadachadh | Clàr "2-uiread" | | 64 - 65 |
| | | Ag iomadachadh le 2 | 7·1 | 66 - 67 |
| | | Clàr "3-uiread" agus x le 3 | 7·2 | 68 - 70 |
| | | Clàr "4-uiread" agus x le 4 | 7·3, 7·4 | 71 - 72 |
| | | Clàr "5-uiread" agus x le 5 | 7·5, 7·6 | 73 - 74 |
| | | Clàr "10-uiread" agus x le 10 | 7·7, 7·8, 7·9 | 75 - 77 |
| | | A' cleachdadh àireamhair | | 78 |
| | | **Geàrr-chunntas** | | 79 |
| Cb 8 | Dà-shealladh | Ainmean chumaidhean 2sh | | 80 - 81 |
| | | Taobhan, oiseanan agus ceàrnan | 8·1 | 82 - 85 |
| | | Leacadh | 8·2, 8·3 | 86 - 88 |
| | | **Geàrr-chunntas** | | 89 |
| Cb 9 | Roinneadh | A' roinn le 2 | 9·1 | 90 - 92 |
| | | A' roinn le 2 le còrr | 9·2 | 93 - 96 |
| | | A' roinn le 3 | 9·3 | 97 - 99 |
| | | A' roinn le 3 le còrr | 9·4 | 100 - 103 |
| | | A' roinn le 4 le còrr | 9·5, 9·6 | 104 - 109 |
| | | A' roinn le 5 le còrr | 9·7, 9·8 | 110 - 115 |
| | | A' roinn le 10 | | 116 - 117 |
| | | **Geàrr-chunntas** | | 118 |

| | | | |
|---|---|---|---|
| Cb 10 Co-aontaran | A' lorg na h-àireimh a tha a dhìth | 10·1a | 119 - 120 |
| | A' lorg a' chomharra a tha a dhìth(+ no -) | 10·1b | 121 |
| | Leudachadh - a' dèanamh co-aontar | | 122 - 123 |
| | **Geàrr-chunntas** | | 124 |
| Cb 11 Clàran | Stràcan agus clàran | 11·1 | 125 - 129 |
| | A' leughadh bho chlàran | | 130 - 131 |
| | A' leughadh ghrafaichean-cholbhan | | 132 - 134 |
| | A' dèanamh ghrafaichean-cholbhan | 11·2 | 135 - 136 |
| | **Geàrr-chunntas** | 11·3 | 137 - 138 |
| Cb 12 Bloighean | Leth de rud | 12·1 | 139 - 141 |
| | Cairteal de rud | 12·2 | 142 - 144 |
| | Ag obrachadh a-mach leth de rud | | 145 - 147 |
| | Ag obrachadh a-mach cairteal de rud | | 148 - 150 |
| | **Geàrr-chunntas** | | 151 |
| Cb 13 An Uair | Làithean, mìosan agus ràithean | 13·1 | 152 - 154 |
| | Ag innse na h-uarach | 13·2, 13·3 | 155 - 158 |
| | Clocaichean didseatach | 13·4 | 159 - 161 |
| | **Geàrr-chunntas** | | 162 |
| Cb14 Suidheachadh & Gluasad | Suidheachadh | 14·1 | 163 - 164 |
| | A' tionndadh tro cheàrn ceart | | 165 |
| | Leth-chuairt agus cairteal-cuairt | | 166 |
| | Stiuireadh slighe | 14·2 | 167 - 168 |
| | Àirdean na combaist | | 169 |
| | Cliathan cho-chomharran | 14·3, 14·4 | 170 - 173 |
| | **Geàrr-chunntas** | | 174 - 175 |
| Cb 15 Faid | A' tomhas - rùilear & teip-tomhais | 15·1, 15·2 | 176 - 178 |
| | A' tomhas ann am meatairean | | 179 |
| | Meatairean agus ceudameatairean | | 180 - 182 |
| | A' leughadh teip-tomhais | 15·3 | 183 - 184 |
| | **Geàrr-chunntas** | | 185 |
| Cb 16 Pàtrain | A' dèanamh phàtran | 16·1 | 186 - 187 |
| | Pàtrain le litrichean | | 188 |
| | Pàtrain le àireamhan | 16·2 | 189 - 190 |
| | **Geàrr-chunntas** | | 191 |
| Cb 17 3-sheallach | Cruthan 3sh | 17·1 | 192 - 194 |
| | A' dèanamh chruthan 3sh | 17·2, 17·3, 17·4 | 195 - 196 |
| | **Geàrr-chunntas** | | 197 |
| Cb 18 Cuideam | Faclan co-cheangailte ri cothromachadh | | 198 - 199 |
| | A' tomhas ann an cileagraman | 18·1 | 200 - 201 |
| | A' leughadh innealan-tomhais | 18·2 | 202 |
| | Leudachadh - Tomhas-lìonaidh | | 203 |
| | **Geàrr-chunntas** | | 204 |
| Cb 19 Daingneachadh | Daingneachadh Ìre B | | 205 - 211 |
| Freagairtean Leabhar B | | | 212 -223 |

# Caibideil 0

Na cleachd àireamhair idir.






1. Sgrìobh na h-àireamhan seo le figearan:- **a** ochd **b** seachd-deug.

2. Cia mheud càr a chì thu?



3. Seall orra seo:-



Tom (12) Sue (9) Nick (15) Ann (11) Neil (14) May (13)

**a** Cò as sine dhiubh? **b** Cò as òige dhiubh?

**c** Cò an nighean a tha nas sine na Tom?

4. a Dèan copaidh de na 8 ceàrnagan seo.
   b Cuir dath ann an 1/2 de na ceàrnagan.



5. **Seall air na h-àireamhan seo:-**

**Sgrìobh san òrdugh cheart iad.**

**4, 12, 16, 10, 7, 13, 19, 11, 20**

**Tòisich leis an àireimh as lugha.**

6. Tha peansailean aig Sìne.



a Cia mheud peansail a th' ann?

Chuir Sìne trì peansailean na baga.

b Cia mheud peansail a th' air fhàgail?

7. Rinn Niall dealbh de theadaidh.



dealbh **A** dealbh **B** dealbh **C** dealbh **D** dealbh **E**

a Dè an dealbh de na 5 a rinn Niall an toiseach?

b Dè an dealbh mu dheireadh de na 5 a rinn Niall?

8. The deich bailiùnaichean aig Dòmhnall.

Tha iad air an àireamhachadh bho **0** gu **9**.

Dè am bailiùn a tha a dhìth?




9. Tha 10 cairtean aig Màiri. Tha iad air an àireamhachadh bho **6** gu **15**.




Dè a' chairt a tha a dhìth?

10. Thoir sùil air na buinn seo:-



a Dè am bonn sa bheil an luach **as motha**?

b Dè am bonn sa bheil an luach **as lugha**?

11. Dè an luach de dh'airgead a th' aig Mòrag?



Mòrag



12. 

Iain



Feumaidh Iain 10sg 'son builgeanan a cheannach.

a Dè na th' aig Iain de dh'airgead?

b Dè dh'fheumas e a bharrachd 'son na builgeanan a cheannach?

13. Dè na buinn a chleachdadh tu airson an doile-phàipeir seo a cheannach?



doile-
phàipeir
9sg

14. Cia mheud de na suiteis seo a tha a' cosg barrachd air 6sg?



15. Ath-sgrìobh agus lorg na freagairtean:-

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| a | 1 + 6 | b | 4 + 5 | c | 7 + 3 |
| d | 5 + 5 | e | 0 + 9 | f | 5 + 3 |
| g | 6 + 2 | h | 2 + 8 | i | 4 + 4 |

16. Ath-sgrìobh agus lorg na freagairtean:-

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| a | 7 - 3 | b | 8 - 2 | c | 5 - 4 |
| d | 6 - 6 | e | 5 - 2 | f | 9 - 3 |
| g | 10 - 6 | h | 8 - 7 | i | 7 - 7 |

17. Ath-sgrìobh agus lorg na freagairtean:-

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| a | 3 + 5 | b | 8 - 2 | c | 5 + 4 |
| d | 3 + 3 | e | 9 - 6 | f | 8 - 7 |
| g | 4 + 3 | h | 5 - 5 | i | 5 + 5 |

18. Thoir sùil air prìsean nan suiteas.

Obraich a-mach na prìsean aca seo:-

a suasail **agus** searbart.

b tofaidh **agus** meannt.

c loilidh **agus** tofaidh.

d suasail, tofaidh **agus** meannt.

## Bùth Mhìlsean



| | | |
|---|---|---|
| suasail | - | 3sg |
| tofaidh | - | 2sg |
| meannt | - | 5sg |
| searbart | - | 6sg |
| loilidh | - | 7sg |

19. Cheannaich Seumas searbart sa **Bhùth**.

Thug e seachad bonn 10sg.

Dè an iomlaid a gheibh Seumas?

20. Fhuair Daibhidh buinn 2sg an àite bonn 10sg.
Cia mheud bonn 2sg a tha aige?



21. Bha 9 chloinne sa bhùth. 'S e balaich a bh' ann an 3 aca.
Cia mheud nighean a bh' anns a' bhùth?

22. B' e 9sg a' phrìs a bh' air an rùilear a cheannaich Flòraidh.
Phàigh i le 3 buinn.
Dè na trì buinn a chleachd Flòraidh?



23. Seall air a' phàtran seo:-

5, 6, 7, ☐ 9, 10, 11, 12.

Sgrìobh an àireamh a tha a dhìth.

24. Dè an àireamh a tha a dhìth air a' phàtran seo?

4, 6, 8, 10, ☐ 14, 16.

25. Cuir a-steach an ath chumadh anns na pàtrain seo:-

a



? .......

b



? .......

26. Seall air a' phàtran seo. Tha aon chumadh a dhìth.




Dè an cumadh dhiubh seo a tha a dhìth air a' phàtran gu h-àrd?



27. Cò **as àirde** de na bodaich?




28. Dè an crogan anns a bheil an tomhas-lìonaidh **as lugha** de shùgh-orainseir?




29. Dè an rud **as truime**?




30. Dè an dòrtadh-pheant **as motha** dhiubh seo?




31. **Thoir tuairmse air** cia mheud bonn 1sg a thèid anns a' bhogsa seo.



32. Cò am fear as truime de na cait seo?




33. Tha 4 **ràithean** sa bhliadhna.

Dè an ràith a thig **an dèidh** an t-samhraidh?




34. Dè an latha den t-seachdain a tha a' tighinn **dìreach ro** Dhisathairne?

35. Dè an uair a th' air a' chloc?



36. Ainmich an uair as fhaisge air **àm-bracaist**.




37. Dè chanas sinn ris gach aon de na cumaidhean seo?

a b c d



38. Seall air an dealbh seo:-

a Cia mheud ceart-cheàrnach a chì thu?

b Cia mheud ceàrnag a chì thu?

c Cia mheud triantan a chì thu?

d Cia mheud cearcall a chì thu?



39. Seall air na cumaidhean seo:-




a Dè na cumaidhean air a bheil oirean dìreach a-mhàin?

b Dè an cumadh air a bheil oir lùbte a-mhàin?

c Dè an cumadh air a bheil oirean dìreach agus lùbte?

40. Dè chanas tu ris a' chruth chruaidh seo?



41. Ainmich na cruthan 3sheallach seo:-

a



b



c



d



**42.** Cia mheud leac bhuidhe eile a dh'fheumas tu airson an cumadh seo a chòmhdachadh?



**43.** Ainmich na cruthan a ghabhas **roiligeadh**.




**44.** Seo 5 chloinne.




**a** Cò th' air **a' chùl**?

**b** Cò tha dìreach **air beulaibh** Bhobby?

**c** Cò **as òige**?

**d** Cò tha sa **mheadhan**?

**45.** Seo 5 càraichean:-



**a** Dè an càr a tha **dìreach air beulaibh** a' chàir dhuinn?

**b** Dè an càr a tha **dìreach air cùl** a' chàir dheirg?

**c** Dè an càr de na 5 a th' **air deireadh** air a' chòrr?

**46.** Sa ghraf, chì thu na peataichean a bh' aig clas de sgoilearan.

**a** Dè am peata a bh' aig a' chuid bu mhotha sa chlas?

**b** Cia mheud dhiubh aig an robh cù?

**c** Cia mheud aig an robh pònaidh?

**d** Cia mheud cat a bh' ann **a bharrachd** air na bh' ann de dh'èisg?




**47.** Thug 5 sgoilearan meas leotha don sgoil an-diugh.

Thug Eilidh leatha ubhal.

Thug Seonaidh leis orainsear.

Thug Dàibhidh leis banana.

Thug Siùsaidh leatha peur.

Thug Seumas leis fìon-dhearcan.



Dèan **COPAIDH** den diagram seo agus cuir crìoch air.



# Caibideil 1

**Na cleachd àireamhair.**





## Luachan a rèir àite

Bu chòir dhut a bhith air chomas:-

- àireamh atharrachadh o **fhaclan** gu **figearan**
- àireamh atharrachadh air ais gu **faclan**




Tha **figearan** a' ciallachadh 1, 2, 3, 4, ...

## Eacarsaich 1

**1.** Sgrìobh na h-àireamhan seo ann am **figearan**:-

| | | |
|---|---|---|
| **a** trithead 's a dhà | **b** ceathrad 's a sia | **c** fichead 's a naoi |
| **d** ochdad 's a trì | **e** caogad 's a còig | **f** ochdad |
| **g** seachd-deug | **h** seachdad | **i** naochad 's a naoi |

**2.** Sgrìobh na h-àireamhan seo ann am **figearan**:-

| | |
|---|---|
| **a** ceud agus fichead 's a còig | **b** trì cheud, seasgad 's a ceithir |
| **c** seachd ceud, ochdad 's a h-aon | **d** ceithir cheud, seachdad 's a dhà |
| **e** ochd ceud, seasgad 's a sia | **f** naoi ceud 's a seachd deug |
| **g** ceithir cheud agus trithead | **h** sia ceud 's a deich |
| **i** seachd ceud 's a h-ochd | **j** naoi ceud, naochad 's a naoi |

**3.** Sgrìobh na h-àireamhan seo ann am **faclan**:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| **a** 67 | **b** 42 | **c** 35 | **d** 28 |
| **e** 80 | **f** 77 | **g** 135 | **h** 326 |
| **i** 979 | **j** 402 | **k** 510 | **l** 600 |

Duilleag-obrach 1 - 1

4. Chruinnich Iain **123** steigearan ball-coise .

Sgrìobh an àireamh seo ann am **faclan**.




5. Tha **dà cheud 's a h-aon** steigear aig Greum.

Sgrìobh an àireamh seo ann am **figearan**.

6. Sgrìobh an ath-àireamh **an dèidh**:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a 38 | b 55 | c 17 | d 69 |
| e 92 | f 103 | g 267 | h 709 |
| i 987 | j 589 | k 399 | l 999 |

7. Sgrìobh an àireamh a tha a' tighinn **dìreach ro**:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a 43 | b 67 | c 86 | d 92 |
| e 71 | f 50 | g 456 | h 529 |
| i 731 | j 420 | k 850 | l 700 |

8. Bhuannaich Lucy duais le tiogaid 227.



Thàinig an tiogaid aig Ravi **dìreach ron** tè aig Lucy.

Dè an àireamh a bh' air tiogaid Ravi?






9. Cuir na h-àireamhan san òrdugh cheart.
Tòisich leis an àireimh **as ìsle**.




a 26, 59, 43, 17

b 85, 67, 99, 58, 47

c 60, 58, 64, 55, 61

d 185, 166, 170, 188, 159

e 206, 199, 352, 417, 299

f 572, 295, 367, 524, 404

g 903, 478, 655, 219, 700

h 358, 835, 385, 538, 853.

**10.** Cuir na h-àireamhan seo anns an òrdugh cheart.

Tòisich leis an àireimh **as àirde**.

a 18, 42, 37, 26

b 44, 63, 59, 21, 33

c 108, 124, 167, 130, 119

d 381, 95, 240, 99, 101

e 798, 803, 830, 789, 800

f 147, 714, 417, 741, 174.

**11.** Tha Seanair 88. Tha Antaidh Màiri 93. Tha Uncail Calum 86.

Tha Granaidh 79. Tha Uncail Fred 80. Tha Antaidh Sìne 96.

a Cò **as sine**?

b Cò **as òige**?



**12.** Dè na h-àireamhan a tha na saighdean a' comharrachadh?



13. Dè na h-àireamhan a th' air an comharrachadh an seo?




14. Bha còig cheud, ochdad 's a trì de dhaoine aig fèis-chiùil.




Sgrìobh an àireamh seo ann am **figearan**.

15. Chaidh 301 de chraobhan a chur.

Sgrìobh an àireamh seo ann am **faclan**.



16. Thilg Pòl sleagh.




Dè an t-astar a shiubhail an t-sleagh?

17. Dè an cuideam a th' ann an **Spot**, an cù?






## Ceudan, Deichean & Aonadan

Tha an àireamh a th' air a dèanamh suas le

- 3 deichean agus 9 aonadan => 39
- 2 cheud, 5 deichean agus 1 aonad => 251




Cuideachd:-



**16 = 1 deich agus 6 aonadan**

## Eacarsaich 2

1. Dèan copaidh den dealbh seo agus cuir crìoch air:-



19 = ... deich agus ... aonadan

2. **Dèan copaidh** dhiubh seo agus cuir crìoch orra:-

a 18 = [1] deich agus [ ] aonadan
b 32 = [3] deichean agus [ ] aonad
c 78 = [7] deichean agus [ ] aonadan
d 43 = [ ] deichean agus [ ] aonadan
e 56 = [ ] deichean agus [ ] aonadan
f 90 = [ ] deichean agus [ ] aonadan
g 99 = [ ] deichean agus [ ] aonadan
h 81 = [ ] deichean agus [ ] aonad

3. Tha 46 ùbhlan agam. Tha mi gan cur ann am bogsaichean de 10.

a Cia mheud bogsa làn de 10 a bhios agam?
b Cia mheud ubhal a bhios agam air fhàgail?



**4.** Tha 75 sgillinn aig Daibhidh na bhanca aig an taigh.

Tha e a' faighinn buinn 10sg nan àite.

a  Cia mheud bonn 10sg a gheibh Daibhidh?

b  Cia mheud sgillinn a bhios aige air fhàgail?



Duilleag-obrach 1·4

**5.** Chì thu san dealbh gu bheil 112 =1 cheud, 1 deich agus 2 aonad.



**112** = **1 cheud** agus **1 deich** agus **2 aonad**

Dèan copaidh agus cuir crìoch:- 125 = 1 cheud, ... dheich agus ...aonadan.

**6.** Dèan an aon rud leotha seo:-

a  326 = ... ceudan,  2 dheich agus ... aonadan.

b  569 = ... ceudan, ... deichean agus ... aonadan.

c  403 = ... ceudan, ... deichean agus ... aonadan.

d  799 = ... ceudan, ... deichean agus ... aonadan.

e  650 = ... ceudan, ... deichean agus ... aonadan.

**7.** Dèan an aon rud leis na h-àireamhan seo:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a 387 | b 626 | c 508 | d 910 |
| e 269 | f 500 | g 283 | h 444 |

8. Bha 473 buinn-1sg aig Uilleam.



Faodaidh bonn-£1 a dhol an àite gach 100 bonn.

a Cia mheud bonn-£1 a gheibh Uilleam às na 473 sg?

Tha e a-nis a' cur nan 73 sg aige ann am buinn-10sg.

b Cia mheud bonn-10sg a gheibh Uilleam às na 73sg?

c Cia mheud bonn-1sg a bhios aig Uilleam air fhàgail?

9. Cia mheud bonn-£1 agus cia mheud bonn-10sg a gheibh thu à:-

a 234sg b 526sg c 851sg d 950sg e 777sg

f 680sg g 403sg h 300sg

10. Cia mheud bonn-1sg a gheibh mi asta seo:-

a £1 agus 53sg

b £2 agus 36sg

c £5 agus 80sg

d £4 agus 61sg

e Dà bhonn-10sg agus aon bhonn-5sg.

f Bonn-£1 agus ceithir buinn-10sg.

g Trì buinn-£1, sia buinn-10sg agus aon bhonn-2sg.

11. Tha na leanas aig Nick.
trì buinn-£1, còig buinn-10sg
agus seachd buinn-1sg.



Dè th' aig Nick de dh'airgead?

12. Tha Sìne agus Siùsaidh a' faicinn na th' aca de dh'airgead.

Tha còig buinn -£1, ochd buinn -10sg agus ceithir buinn -1sg aca.
Dè th' aca de dh'airgead uile-gu-lèir?

Duilleag-obrach 1·5

# A' cruinneachadh chun an 10 as fhaisge

Coimhead air an teip gu h-ìosal.

Chì sinn gu bheil 37 a' laighe eadar 30 agus 40.




Chì sinn gu bheil 37 nas giorra do 40 na 30.

Canaidh sinn gu bheil **37 cruinnichte chun an 10 as fhaisge = 40**

Duilleag-obrach 1.6

## Eacarsaich 3

1. Coimhead air an àireimh 58.
   Ath-sgrìobh agus cuir crìoch:-




"Tha 58 eadar 50 agus ..."

"Tha 58 nas giorra do ... na tha e do 50"

"'S e 58, cruinnichte chun an 10 as fhaisge, ...."

2. Gabhaidh seo sgrìobhadh mar seo: **58 —> 60.**
   (Tha 58 a' cruinneachadh gu 60)
   Ath-sgrìobh gach àireamh agus cruinnich iad chun an 10 as fhaisge:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a 27 —> 30 | b 32 | c 67 | d 91 |
| e 19 | f 48 | g 79 | h 52 |
| i 127 | j 182 | k 249 | l 288 |

3. 'S urrainn dhuinn tuairmse a dhèanamh air fregairtean a' cleachdadh cruinneachadh. Ath-sgrìobh agus cuir crìoch:-
   a Tha 37 + 49 faisg air 40 + 50, tha seo faisg air 9...
   b Tha 29 + 42 faisg air 30 + ..., tha seo faisg air ....
   c Tha 59 + 18 faisg air ... + ..., tha seo faisg air....

Duilleag-obrach1·7

# Geàrr-chunntas

1. Sgrìobh na h-àireamhan seo ann am **figearan**:-

a trithead 's a dhà
b seachdad 's a còig
c ochdad
d còig ceud agus seasgad 's a naoi
e dà cheud 's a h-ochd
f naoi ceud agus seachdad.

2. Sgrìobh na h-àireamhan seo ann am **faclan**:-

a 64  b 480  c 603  d 70.

3. Bha **893** neach aig gèam ball-coise.

Sgrìobh an àireamh seo ann am **faclan**.



4. 

Tha **dà cheud 's a còig** eòin air loch.

Sgrìobh an àireamh seo ann am **figearan**.

5. Sgrìobh an àireamh a tha a' tighinn dìreach **às dèidh**:-

a 69  b 326  c 888  d 199.

6. Sgrìobh an àireamh a tha a' tighinn **dìreach ro**:-

a 90  b 767  c 801  d 400.

7. Ann an crannchur, bhuannaich Ben leis an tiogaid **389**.

Bha an àireamh dìreach as dèidh sin air an tiogaid aig Jo.
Dè an àireamh a bh' air tiogaid Jo?



**Crannchur**
Tiogaid
**3 8 9**

8. Sgrìobh iad seo **ann an òrdugh**. Toisich leis an àireamh as lugha.

**267  389  126  58**

9. Sgrìobh iad seo ann an òrdugh. Toisich leis an àireamh as motha.

| 401 | 527 | 31 | 628 |
|---|---|---|---|

10. a Dè an àireamh a tha far a bheil A?

b Dè an àireamh a tha far a bheil B?

c Dè an àireamh a tha far a bheil C?

d Dè an àireamh a tha far a bheil D?




11. 

Airson airgead a thogail do chathrannas shuidh Amy ann an amar phònairean.
Bha 9 8 1 phònairean san amar.
Sgrìobh an àireamh seo ann am faclan.

12. Tha còig ceud, trithead 's a seachd seangain ann am tom-sheangan.
Sgrìobh an àireamh seo ann am figearan.



13. Tha 2 dheich agus 9 aonadan ann an 29.
Sgrìobh iad seo agus lìon na beàrnan:-

a 46 = ... deichean agus ... aonadan
b 58 = ... deichean agus ... aonadan.

14. Tha 3 ceudan, 2 dheich agus 6 aonadan ann an 326.
Sgrìobh an àireamh seo san aon dòigh:-

527 = ... ceudan, ... deichean agus ... aonadan.

15. Sgrìobh an àireamh anns a bheil:-
a 6 deichean agus 4 aonadan
b 5 ceudan, 3 deichean agus 9 aonadan.

16. Cruinnich na h-àireamhan seo chun an 10 as fhaisge:-

a 59 b 82 c 18 d 67.

# Caibideil 2




## Co-chothromachd

Ma phaisgeas tu cumadh air loidhne 's gu bheil 2 phàirt air gach taobh den loidhne co-ionann, canaidh sinn gu bheil **co-chothromachd** sa chumadh (no gu bheil e **co-chothromach**).

Ma phaisgeas tu an cumadh seo air an loidhne dheirg bhriste, tha gach pàirt co-ionann.



Tha an cumadh seo **co-chothromach**.

## Eacarsaich 1

Duilleag-obrach 2·1 Duilleag-obrach 2·2

1. A bheil na cumaidhean seo **co-chothromach**?
(Sgrìobh **Tha** no **Chan eil**).

a


b


c


d


e


f


Chì sinn co-chothromachd cuideachd le sgàthan.

Tha sgàthan air a chur air an dealbh seo de dhaolaig.

Tha am pìos air an làimh dheis co-ionann ris a' phìos air an làimh chlì. Ma tha an dealbh iomlan a chì thu co-ionann ris an dealbh iomlan air a' phàipear, tha an dealbh co-chothromach.



Cleachd sgàthan, agus dèan cinnteach gun do fhreagair thu ceist 1 gu ceart.

Duilleag-obrach 2·3

2. Dè na cumaidhean a tha co-chothromach? (Cleachd sgàthan).

a



b



c



d



e



f



g



h



i



Gheibh sinn co-chothromachd cuideachd ann an rudan nàdarra.





3. Le sgàthan, dèan cinnteach gu bheil an t-slige, an dealan-dè agus am flùr gu h-àrd co-chothromach.

4. Ainmich an fheadhainn a tha co-chothromach. (Cleachd sgàthan):-

a


b


c


d


e


f


g


h


i


5. De na ceithir cumaidhean (A, B, C no D), dè am fear a chuireadh tu ris a' chumadh phinc airson a dhèanamh co-chothromach?




6. De na ceithir cumaidhean, (E, F, G no H) dè am fear a chuireadh tu ris a' chumadh orains airson a dhèanamh co-chothromach?




7. De na ceithir cumaidhean (P, Q, R no S), dè am fear a chuireadh tu ris a' chumadh phurpaidh airson a dhèanamh co-chothromach?




Duilleag-obrach 2·4

## Loidhnichean-cothromachaidh

Nuair a phaisgeas sinn an cumadh seo air an loidhne dheirg bhriste, chì sinn gu bheil e **co-chothromach**.

'S e **loidhne-cothromachaidh** a chanas sinn ri loidhne mar seo.



## Eacarsaich 2

Duilleag-obrach 2·5

1. Ainmich na cumaidhean aig a bheil **loidhne-cothromachaidh**.

a



b



c



d



e



f



2. Cia mheud **loidhne-cothromachaidh** a th' aig na cumaidhean seo?

a



b




c



# Geàrr-chunntas

1. A bheil co-chothromachd aig na cumaidhean seo?
(Sgrìobh Tha no Chan eil.)

a


b


c


d


e


f


2. Dè an cumadh (A, B, C no D) a chuireadh tu ris a' chumadh uaine airson a dhèanamh co-chothromach?






3. Cia mheud loidhne-cothromachaidh a th' aig na cumaidhean seo?

a



b


c


# Caibideil 3

**NA cleachd àireamhair.**






## Cur-ris

Tha **cunntairean** feumail nuair a bhios tu a' cur-ris.

**Eisimpleir:-** Dè th' agad nuair a chuireas tu 6 ri 13?

13



cuir-ris

6

=



1 deich | 9 aonadan

= **19**

Sgrìobhaidh sinn seo mar :-

| | D | A |
|---|---|---|
| | 1 | 3 |
| + | | 6 |
| | 1 | 9 |

Le **cur-ris**, feumaidh tu na h-àireamhan a sgioblachadh nan colbhan a rèir **an luaich**.

**Eisimpleir** **Cuir-ris:-** 41 + 5




## Eacarsaich 1

Duilleag-obrach 3.1

**1. Dèan copaidh** agus **cuir crìoch**:- (Dh'fhaodadh cunntairean a bhith feumail.)

**a**
$$\begin{array}{r} 43 \\ +\ 3 \\ \hline \end{array}$$

**b**
$$\begin{array}{r} 27 \\ +\ 1 \\ \hline \end{array}$$

**c**
$$\begin{array}{r} 56 \\ +\ 3 \\ \hline \end{array}$$

**d**
$$\begin{array}{r} 23 \\ +\ 6 \\ \hline \end{array}$$

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| e | 13<br>+ 4 | f | 36<br>+ 2 | g | 92<br>+ 4 | h | 55<br>+ 3 |
| i | 23<br>+ 3 | j | 3<br>+ 12 | k | 4<br>+ 31 | l | 53<br>+ 5 |

2. Dèan iad seo mar an fheadhainn gu h-àrd:-

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| a | 47 + 2 | b | 7 + 40 | c | 18 + 1 | d | 94 + 3 |
| e | 15 + 4 | f | 20 + 8 | g | 33 + 5 | h | 82 + 7 |

3. Cheannaich Jemma cnothan agus reòiteag.
Dè chosg i **uile-gu-lèir**?




8sg



41sg



4.



Chosg Ravi **32sg** air sùgh is **7sg** air suiteis.
Dè chosg e **uile-gu-lèir**?

5. Ann an soircas tha **12** leòmhann agus **6** ailbheanan.
Cia mheud ainmhidh a th' ann **uile-gu-lèir**?





6. Thug an leabharlann **23 leabhraichean** do Chlas 1 is **5** do Chlas 2.
Cia mheud leabhar a thug an leabharlann seachad **uile-gu-lèir**?

**Eisimpleir** Dè th' agad nuair a chuireas tu 23 ri 34?

34

cuir-ris

23



=



5 deichean

7 aonadan

= **57**

Sgrìobhaidh sinn seo mar :-

| D | A |
|---|---|
| 3 | 4 |
| + 2 | 3 |
| 5 | 7 |

Cuir gach àireamh sa cholbh cheart .

**Duilleag-obrach 3·2**

7. **Ath-sgrìobh** agus **crìochnaich** seo
(Airson cuideachadh, cleachd cunntairean.)




8. **Ath-sgrìobh** agus **crìochnaich**:-

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| a | 18<br>+ 11 | b | 22<br>+ 13 | c | 14<br>+ 13 | d | 15<br>+ 12 |
| e | 52<br>+ 13 | f | 27<br>+ 21 | g | 37<br>+ 21 | h | 44<br>+ 45 |
| i | 49<br>+ 30 | j | 37<br>+ 22 | k | 73<br>+ 14 | l | 55<br>+ 34 |

Feuch gun cuir thu gach àireamh sa cholbh cheart.

9. Lorg:-

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| a | 17 + 10 | b | 27 + 11 | c | 25 + 14 | d | 47 + 32 |
| e | 42 + 22 | f | 57 + 20 | g | 73 + 25 | h | 47 + 52 |

10. 

Chuir Lucy **43 tadhail** air a' mhìos a chaidh. Air a' mhìos seo chuir i **33**. Cia mheud tadhal a chur i **uile-gu-lèir**?

11. Dh'ith Ùna **33** cnothan. Dh'ith Iain **24** cnothan.

Cia mheud cnò a dh'ith iad **uile-gu-lèir**?



12. 

Dh'ith na muncaidhean **26** bananathan an-dè agus **11** an-diugh.

Cia mheud banana a dh'ith iad **uile-gu-lèir**?

13. Tha **23** ribeanan aig Sìne, agus **26** aig Jemma. Cia mheud ribean a th' aca **uile-gu-lèir**?

14. Tha **25 leòmhainn** agus **14 tìgearan** anns a' phàirc. Cia mheud ainmhidh a th' ann **uile-gu-lèir**?



# Cur-ris (le toirt leat)

**Eisimpleir** Dè th' agad nuair a chuireas tu 8 ri 24?

24

cuir-ris

8




= 32

Sgrìobhaidh sinn seo mar:-

| | D | A |
|---|---|---|
| | 2 | 4 |
| + | | 8 |
| | 1 | |
| | 3 | 2 |

8 + 4
= 12
= 2 aonad
thoir leat
1 (deich)




Tha e **GLÈ** chudromach gum bi na h-àireamhan sa cholbh cheart.

Feuch gun cuir thu ris an àireamh **a thug thu leat**

## Eacarsaich 2

**Duilleag-obrach 3·3**

1. **Ath-sgrìobh** agus **cuir crìoch**:- (Airson cuideachadh, cleachd cunntairean)

| | | | |
|---|---|---|---|
| a 48 + 3 | b 29 + 4 | c 59 + 7 | d 37 + 8 |
| e 33 + 9 | f 89 + 4 | g 27 + 8 | h 49 + 3 |
| i 47 + 5 | j 6 + 36 | k 83 + 8 | l 9 + 49 |

2. Sgrìobh iad seo mar a chì thu ann an ceist 1, agus lorg:-

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| a | 49 + 8 | b | 87 + 7 | c | 65 + 7 | d | 52 + 9 |
| e | 67 + 5 | f | 53 + 9 | g | 32 + 8 | h | 66 + 4 |

3. Cheannaich Catrìona pàipear air 43sg agus suiteis air 9sg.

Dè chosg iad uile-gu-lèir?






4. 

Ann an gèam ball-lìn, fhuair Ceiteag 26 puingean agus fhuair Lucy 6.

Cia mheud puing a fhuair iad uile-gu-lèir ?

5. Tha 27 CDan singilte agus 5 albuman-CD aig Ben.

Cia mheud CD a th' aig Ben uile-gu-lèir?





6. 

Tha 17 càraichean aig Ravi agus 8 aig Ceitidh.

Cia mheud càr a th' aca uile-gu-lèir?

7. Chruinnich Sìne 56 sligean air an tràigh.

Chruinnich Jemma 8 sligean.

Cia mheud slige a chruinnich iad uile-gu-lèir?



23 + 19 = 42 Sgrìobhaidh sinn seo mar :-

Tha e **GLÈ** chudromach gun sgrìobh thu gach àireamh sa cholbh cheart.

Feuch gun cuir thu ris an àireamh **a thug thu leat**.




**Duilleag-obrach 3·4**

**8. Ath-sgrìobh** agus **cuir crìoch**:- (Airson cuideachadh, cleachd cunntairean).

| | | | |
|---|---|---|---|
| **a** 57 + 24 | **b** 48 + 13 | **c** 56 + 24 | **d** 69 + 23 |
| **e** 37 + 29 | **f** 31 + 49 | **g** 44 + 37 | **h** 78 + 13 |
| **i** 35 + 37 | **j** 48 + 45 | **k** 63 + 28 | **l** 29 + 49 |

**9.** Sgrìobh iad seo mar a chì thu gu h-àrd, agus lorg:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| **a** 49 + 27 | **b** 78 + 16 | **c** 35 + 15 | **d** 18 + 69 |
| **e** 47 + 35 | **f** 53 + 29 | **g** 32 + 49 | **h** 56 + 39 |

10. Cheannaich Ben peansail air **18sg** agus comaig air **66sg**.

Dè **a' phrìs iomlan** aca?



11.



Cheannaich Nick album-CD dùbailte.

Bha **34** òrain air CD 1 agus **28** òrain air CD 2.

Cia mheud òran a bh' orra **uile-gu-lèir**?

12. Tha **17** bogsaichean de phinn dhathte agus **45** bogsaichean de phinn dhubha air sgeilp.

Cia mheud bogsa a th' ann **uile-gu-lèir**?



13.



Leum Barabal **48** tursan.

Leum i a-rithist **29** tursan.

Cia mheud turas a leum Barabal **uile-gu-lèir**?

14. Bha gèam dhartaichean aig dithis chloinne.

Fhuair **Ben 48** puingean agus an uair sin **37** puingean.

Fhuair **Ravi 26** puingean agus an uair sin **59** puingean.



**a** Cia mheud puing a fhuair **Ben uile-gu-lèir**?

**b** Cia mheud puing a fhuair **Ravi uile-gu-lèir**?

**c** Cò fhuair an àireamh bu mhotha?



## Eacarsaich 3 Eisimpleirean Measgaichte

1. **Ath-sgrìobh** agus **cuir crìoch**:- (Airson cuideachadh, cleachd cunntairean).

| | | | |
|---|---|---|---|
| a 53 + 6 | b 42 + 6 | c 36 + 12 | d 41 + 13 |
| e 37 + 22 | f 33 + 45 | g 44 + 15 | h 46 + 15 |
| i 27 + 16 | j 36 + 16 | k 55 + 27 | l 29 + 68 |

2. Sgrìobh iad seo mar a chì thu gu h-àrd, agus lorg:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a 23 + 5 | b 43 + 6 | c 24 + 13 | d 14 + 65 |
| e 36 + 5 | f 57 + 8 | g 33 + 9 | h 18 + 16 |
| i 47 + 14 | j 49 + 3 | k 55 + 29 | l 29 + 39 |

3. Tha dà bheachlann aig Mac na Meala.

Ann am beachlann 1 tha **47 seilleanan**.

Ann am beachlann 2 tha **36 seilleanan**.

Cia mheud seillean a th' aig Mac na Meala **uile-gu-lèir**?



## A' cleachdadh àireamhair

Lorg na putain seo air an àireamhair:-




[+] tha seo a' ciallachadh **cuir-ris**

[=] tha seo a' ciallachadh **co-ionann**

**Eisimpleirean:-**

Cuir a-steach 27 [+] 36 [=] —> 'S e 63 an fhreagairt.

126 [+] 68 [=] —> 'S e 194 an fhreagairt.

## Eacarsaich 4

1\. a Cuir a-steach 46 [+] 28 [=] Sgrìobh do fhreagairt.

b Cuir a-steach 115 [+] 37 [=] Sgrìobh do fhreagairt.

2\. Lorg:-

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| a | 28 + 19 | b | 59 + 42 | c | 76 + 49 | d | 23 + 76 |
| e | 123 + 52 | f | 147 + 39 | g | 134 + 49 | h | 152 + 39 |
| i | 66 + 110 | j | 56 + 138 | k | 137 + 109 | l | 229 + 179 |

3\. Fhuair Tòmas 142 puingean, 76 puingean agus 102 puingean air gèam-bhidio. Cia mheud puing a fhuair e **uile-gu-lèir**?

# Geàrr-chunntas

1. Lorg:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a $33 + 5$ | b $46 + 3$ | c $42 + 24$ | d $55 + 42$ |
| e $32 + 6$ | f $8 + 61$ | g $23 + 15$ | h $74 + 24$ |

2. Tha 26 filmichean-DVD agus 23 filmichean-bhidio aig Mgr Todd. Cia mheud film a th' aige uile-gu-lèir?



3. Lorg:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a $36 + 5$ | b $58 + 9$ | c $27 + 15$ | d $55 + 28$ |
| e $55 + 8$ | f $8 + 36$ | g $24 + 48$ | h $37 + 48$ |

4. Tha 36 pinn ghorma agus 27 pinn dhubha aig a' Mh-uas Mhoireach.
Cia mheud peann a th' aice uile-gu-lèir?



**Faodaidh tu àireamhair a chleachdadh airson ceist 5.**

5. Tha 66 peansailean aig Ravi, 137 aig Sìne agus 108 aig Ben.

   a Cia mheud peansail a th' aig Ravi is Sìne?

   b Cia mheud peansail a th' ann uile-gu-lèir?

# Caibideil 4

NA cleachd àireamhair idir






## Toirt-air-falbh

Airson cuideachadh, cleachd cunntairean nuair a tha thu a' toirt-air-falbh.

**Eisimpleir** Dè th' agad nuair a bheir thu 6 air falbh bho 19?




= 13

19 - 6 = 13

Sgrìobhaidh sinn seo mar:-

| D | A |
|---|---|
| 1 | 9 |
| - | 6 |
| 1 | 3 |

Nuair a tha thu a' toirt-air-falbh, feumaidh na h-àireamhan a bhith ann an colbhan a rèir an luach.

**Eisimpleir:** Thoir-air-falbh 48 - 6




## Eacarsaich 1

Duilleag-obrach 4.1

1. Ath-sgrìobh agus cuir crìoch:- (Cleachd cunntairean)

| a | b | c | d |
|---|---|---|---|
| 17 - 5 | 19 - 7 | 36 - 4 | 49 - 8 |

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| e | 64 - 3 | f | 78 - 6 | g | 98 - 5 | h | 26 - 6 |
| i | 68 - 7 | j | 77 - 4 | k | 88 - 8 | l | 49 - 2 |

2. Sgrìobh iad seo mar gu h-àrd, agus lorg:-

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| a | 64 - 3 | b | 55 - 4 | c | 58 - 3 | d | 97 - 5 |
| e | 85 - 3 | f | 68 - 6 | g | 99 - 7 | h | 84 - 4 |

3. Bha 17 pacaidean chriosps aig Ravi.

Aig partaidh, dh'ith iad 5 pacaidean.

Cia mheud pacaid a bh' air fhàgail?



4.



Bha 29 bailiùnaichean aig Màiri.
Spreadh 7 bailiùnaichean aig a' phartaidh.

Cia mheud bailiùn a bh' air fhàgail?

5. Bha 28 pocannan-shuiteas aig Calum. Dh'ith e 7 dhiubh.

Cia mheud poca-shuiteas a bh' air fhàgail?

**Eisimpleir** Dè th' ann an 39 **thoir-air-falbh** 14?




39 - 14

Sgrìobhaidh sinn seo mar:-

| D | A |
|---|---|
| 3 | 9 |
| - 1 | 4 |
| 2 | 5 |

**Feumaidh** na h-àireamhan a bhith ann an colbhan a rèir luach.

**Duilleag-obrach 4.2**

6. **Ath-sgrìobh** agus **cuir crìoch**
(Cleachd cunntairean)




7. **Ath-sgrìobh** agus **cuir crìoch**:-

| a | b | c | d |
|---|---|---|---|
| 52 - 11 | 69 - 15 | 54 - 13 | 73 - 51 |

| e | f | g | h |
|---|---|---|---|
| 97 - 33 | 75 - 43 | 98 - 54 | 99 - 43 |

| i | j | k | l |
|---|---|---|---|
| 54 - 31 | 87 - 35 | 58 - 30 | 69 - 29 |

**Cuir na h-àireamhan nan colbhan a rèir an luach:-**

**8.** Lorg:-

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| a | 87 - 15 | b | 36 - 14 | c | 49 - 25 | d | 34 - 23 |
| e | 63 - 41 | f | 75 - 34 | g | 87 - 40 | h | 87 - 27 |

**9.**



Bha 69 fìon-dhearcan ann am bagaid

Dh'ith Jemma 33 dhiubh.

Cia mheud fìon-dhearc a bh' air fhàgail ?

**10.** Thòisich Seonaidh le 45 buill-goilf.

Chaill e 23 dhiubh .

Cia mheud a th' aig Seonaidh air fhàgail?



**11.**



Tha 87 duilleagan ann an leabhar Nick.

Leugh e 43 de na duilleagan.

Cia mheud a th' aige fhathast ri leughadh?

**12.** Reic Tomaidh 71 tiogaidean-crannchuir às na 94 a bh' aige.

Cia mheud tiogaid a th' aige fhathast ri reic?

## Toirt-air-falbh (le toirt leat)

**Eisimpleir** Dè th' ann an 24 **thoir-air-falbh** 7?




24 - 7

Sgrìobhaidh sinn seo mar:-

| D | A |
|---|---|
| ~~2~~ 1 | 1 4 |
| - | 7 |
| 1 | 7 |

**Eisimpleir** Dè th' ann an 45 **thoir-air-falbh** 8?




**Chan urrainn** dhuinn 8 a thoirt-air-falbh o 5.

Feumaidh sinn deich **a thoirt leinn** (no iasad) agus a chur ris na h-aonadan.
Mar sin, tha 5 a' dol gu 15, agus
na 4 deichean a' dol gu 3 deichean.
'S urrainn dhuinn an uair sin an toirt-air-falbh a dhèanamh.

### Eacarsaich 2

Duilleag-obrach 4.3

1. **Ath-sgrìobh** agus **crìochnaich**:- (Cleachd cunntairean).

| | | | |
|---|---|---|---|
| a 83 - 4 | b 47 - 9 | c 95 - 8 | d 37 - 9 |
| e 46 - 8 | f 27 - 8 | g 51 - 3 | h 17 - 9 |
| i 22 - 7 | j 33 - 6 | k 83 - 8 | l 91 - 7 |

2. Sgrìobh iad seo mar a chunaic thu ann an ceist 1, agus lorg:-

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| a | 28 - 9 | b | 42 - 7 | c | 22 - 6 | d | 93 - 4 |
| e | 41 - 6 | f | 44 - 6 | g | 85 - 7 | h | 80 - 8 |

3. Chroch Màiri 14 stocainnean a-muigh.
Dh'fhalbh a' ghaoth le 8 dhiubh.

Cia mheud stocainn a th' air fhàgail?



4.



Tha 72 àiteachan-parcaidh aig bùth.
Bha 7 càraichean ann aig a' bhùth.
Cia mheud àite-parcaidh a bha falamh?

5. Bha 32 luchainn ann am bùth pheataichean.
Chaidh naoi luchainn a reic.

Cia mheud luch a th' air fhàgail a-nis?



6.



Reic bhana nan reòiteag 13 loilidhean-orainseir agus 8 loilidhean-liomaid.
Cia mheud loilidh-orainseir a reic e a bharrachd air na reic e de loilidhean-liomaid?

Bidh sinn a' toirt-air-falbh dheichean is aonadan mar seo:-

- Coimhead air colbh nan **aonadan**
  (Am feum thu deich a thoirt leat? - **feumaidh**)
- Thoir leat 10. Tha 6 a' dol gu 16
- **Thoir-air-falbh** na h-àireamhan, ann an colbh nan **aonadan**. 16 - 7 = 9.
- Seall ri colbh nan **deichean** a-nis.
  (An tug sinn leinn deich ? - **thug**)
- **Thoir-air-falbh** 1 o cholbh nan **deichean**.
- Mu dheireadh, **Thoir-air-falbh** na h-àireamhan ann an colbh nan **deichean**. 3 - 1 = 2.




Duilleag-obrach 4·4

**7. Ath-sgrìobh** agus **cuir crìoch**:- (Cleachd cunntairean).

| a | b | c | d |
|---|---|---|---|
| 42 - 19 | 38 - 29 | 52 - 14 | 87 - 28 |

| e | f | g | h |
|---|---|---|---|
| 66 - 47 | 63 - 48 | 24 - 19 | 34 - 15 |

| i | j | k | l |
|---|---|---|---|
| 78 - 49 | 32 - 16 | 61 - 53 | 87 - 78 |

**8.** Sgrìobh iad seo mar a chì thu gu h-àrd, agus lorg:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a 92 - 23 | b 78 - 49 | c 65 - 46 | d 81 - 27 |
| e 64 - 37 | f 86 - 57 | g 47 - 28 | h 55 - 38 |

9. Bha **33** comaigean aig Uilleam na rùm.

Thilg e a-mach **15** dhiubh.



Cia mheud comaig a chùm Uilleam?

10. Shnàmh Sìne faid an amair **23** tursan agus shnàmh Mòrag **17** tursan.

Cia mheud turas a shnàmh Sìne **a bharrachd** air Mòrag?

11. Tha **75** cuairtean ann an rèis-chàraichean.



**a** Rinn **Càr A** **17** cuairtean.

Cia mheud cuairt a th' aige ri dhèanamh?

**b** Rinn **Càr B** **58** cuairtean.

Cia mheud cuairt a th' aige ri dhèanamh fhathast?

**c** Bha trioblaid aig **Car C** leis an einnsean. Stad e **18 cuairtean on deireadh**. Cia mheud cuairt **a rinn** Car C?

12. Sa ghèam dhartaichean seo feumaidh tu **92 puingean** airson buannachd.

Cia mheud puing **a dh'fheumas** iad seo fhathast:-

**a** Fhuair Fread **37** puingean

**b** Fhuair Haraidh **66** puingean

**c** Fhuair Seònaid **77** puingean

**d** Fhuair Iain **59** puingean.



## Eacarsaich 3 Eisimpleirean measgaichte

1. **Ath-sgrìobh** agus **cuir crìoch**:- (Cleachd cunntairean).

| | | | |
|---|---|---|---|
| a $\begin{array}{r} 56 \\ -\ 4 \\ \hline \end{array}$ | b $\begin{array}{r} 49 \\ -\ 6 \\ \hline \end{array}$ | c $\begin{array}{r} 36 \\ -\ 12 \\ \hline \end{array}$ | d $\begin{array}{r} 47 \\ -\ 13 \\ \hline \end{array}$ |
| e $\begin{array}{r} 37 \\ -\ 25 \\ \hline \end{array}$ | f $\begin{array}{r} 47 \\ -\ 28 \\ \hline \end{array}$ | g $\begin{array}{r} 87 \\ -\ 49 \\ \hline \end{array}$ | h $\begin{array}{r} 81 \\ -\ 17 \\ \hline \end{array}$ |
| i $\begin{array}{r} 88 \\ -\ 58 \\ \hline \end{array}$ | j $\begin{array}{r} 46 \\ -\ 38 \\ \hline \end{array}$ | k $\begin{array}{r} 77 \\ -\ 58 \\ \hline \end{array}$ | l $\begin{array}{r} 91 \\ -\ 89 \\ \hline \end{array}$ |

2. Sgrìobh iad seo mar a chì thu gu h-àrd, agus cuir crìoch orra:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a 37 - 4 | b 46 - 6 | c 67 - 13 | d 54 - 23 |
| e 36 - 12 | f 58 - 15 | g 34 - 14 | h 23 - 16 |
| i 41 - 14 | j 66 - 38 | k 33 - 29 | l 87 - 69 |

3. Bha farpais-ithe aig fèill.

Dh'ith **Bob** 93 ceapairean-isbein.

Dh'ith **Baraidh** 84 ceapairean-isbein.

Dh'ith **Bertha** 76 ceapairean-isbein.



Cia mheud a dh'ith **Bob a bharrachd** air na dh'ith **Bertha**?

## A' cleachdadh àireamhair

Lorg na putain seo air an àireamhair:-




[ − ] tha seo a' ciallachadh **thoir-air-falbh**

[ = ] tha seo a' ciallachadh **co-ionann (ri)**

**Eisimpleirean** :-

Cuir a-steach 56 [ − ] 35 [ = ]. Freagairt: 21.

Cuir a-steach 126 [ − ] 88 [ = ]. Freagairt: 38.

## Eacarsaich 4

1. a Cuir a-steach 86 [ − ] 28 [ = ]. Sgrìobh an fhreagairt.

   b Cuir a-steach 125 [ − ] 57 [ = ]. Sgrìobh an fhreagairt.

2. Lorg:-

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| a | 37 - 29 | b | 67 - 59 | c | 43 - 34 | d | 56 - 26 |
| e | 132 - 77 | f | 138 - 99 | g | 134 - 87 | h | 192 - 76 |
| i | 265 - 138 | j | 212 - 176 | k | 654 - 345 | l | 444 - 364 |

3. Fhuair Anna 442 puingean an gèam 1 agus 379 an gèam 2.
   Cia mheud puing a bharrachd a fhuair i an gèam 1?

# Geàrr-chunntas

1. **Lorg:-**

| | | | |
|---|---|---|---|
| a 38 − 5 | b 49 − 7 | c 48 − 34 | d 55 − 42 |
| e 36 - 4 | f 78 - 8 | g 76 - 35 | h 56 - 34 |

2. Tha **76sg** aig **Ben**. Tha **23sg** aig **Sìne**.
   Dè na th' aig **Ben a bharrachd** air na th' aig **Sìne**?



3. **Lorg:-**

| | | | |
|---|---|---|---|
| a 36 − 8 | b 44 − 7 | c 47 − 28 | d 88 − 69 |
| e 55 - 7 | f 71 - 46 | g 54 - 18 | h 77 - 58 |

4. Ruith Amy fad **52** mionaidean, is Janie **27** mionaidean.
   Cia mheud mionaid a ruith Amy a bharrachd air Janie?



**Faodaidh tu àireamhair a chleachdadh airson ceist 5.**

5. Bha **254** tiogaidean ann am bogsa. Fhuair **Sìne 126** agus fhuair **Ben 98**.

   a Cia mheud tiogaid a fhuair **Sìne a bharrachd** air Ben?

   b Cia mheud tiogaid a th' air fhàgail sa bhogsa a-nis?



# Caibideil 5

**NA cleachd àireamhair idir.**






## Ceàrn

Nuair a choinnicheas dà loidhne dhìreach aig puing, gheibh sinn **ceàrn**.



Uaireannan gheibh sinn barrachd is aon cheàrn.



## Eacarsaich 1

Duilleag-obrach 5·1

1. **Dèan copaidh** de na ceàrnan seo.

   Comharraich a h-uile ceàrn le  agus cuir dath orra.



2. Cia mheud ceàrn a chì thu anns gach dealbh?

a



b



c



d



e



f



(chan e 2)

g



h



(chan e 6)

i



j



k



l



# Ceàrn Ceart




Paisg an cearcall **na dhà leth**.



Paisg e **na dhà leth** a-rithist.



Tha **teamplaid** agad a-nis airson **cheàrnan cearta.**



Ma tha an teamplaid co-ionann ris an teamplaid 's e **ceàrn ceart** a th' ann.



Faodaidh an ceàrn a bhith **nas lugha** na ceàrn ceart.



Faodaidh an ceàrn a bhith **nas motha** na ceàrn ceart.



## Eacarsaich 2

1. Leis an teamplaid, obraich a-mach na ceàrnan cearta nam measg seo. Freagair le **'S E** no **CHAN E**.

a


b


c


d


e


f


2. Leis an teamplaid, obraich a-mach cia mheud **ceàrn ceart** a th' anns na trì dealbhan seo:-

a



b



c



3. Anns an dealbh seo de thaigh, cia mheud ceàrn ceart a chì thu?



Nuair a nì sinn ceàrn ceart, bidh sinn ga chomharrachadh le **bogsa beag**.





**FEUMAIDH TU PÀIPEAR-TREASAIDH**

4. **Dèan copaidh** de gach cumadh agus comharraich na ceàrnan cearta le bogsa beag:-

a



b



c



d



e



f



5. Thoir sùil air na 6 cumaidhean ann an ceist 4.

   a Cia mheud cumadh anns a bheil 1 cheàrn ceart?

   b Cia mheud cumadh anns a bheil 4 ceàrnan cearta?

   c Cia mheud cumadh anns a bheil 3 ceàrnan cearta?

6. Feumaidh tu an teamplaid a chleachdadh **gu faiceallach** an seo.

   a **Tha** fear de na ceàrnan seo na cheàrn ceart. Dè am fear?

   b Tha fear dhiubh **nas lugha** na ceàrn ceart. Dè am fear?

   c Tha fear dhiubh **nas motha** na ceàrn ceart. Dè am fear?










Duilleag-obrach 5·2

# Geàrr-chunntas

1. Dè na ceàrnan a tha nan ceàrnan cearta? (*Cleachd an teamplaid*).




2. Cia mheud **ceàrn** a chì thu anns gach dealbh gu h-ìosal?




3. Cia mheud **ceàrn ceart** a chì thu anns gach dealbh gu h-ìosal?



# Caibideil 6

Na cleachd àireamhair 




## A' cleachdadh airgead

Seo buinn a dh'fhaodadh tu a chleachdadh a h-uile latha.



bonn 20sg    bonn 10sg    bonn 5sg    bonn 2sg    bonn 1sg

**Eisimpleir 1** Tha  co-ionann ri 

**Eisimpleir 2** Tha  co-ionann ri 

## Eacarsaich 1

Duilleag-obrach 6·1

1. a Cia mheud  a th' ann an  ?

b Cia mheud  a th' ann an  ?

c Cia mheud  a th' ann an  ?

d Cia mheud  a th' ann an  ?

e Cia mheud bonn 2sg a th' ann an  ?



2. Cia mheud bonn **1sg** a th' ann an:-

a 

b 

3. Cia mheud bonn **2sg** a th' ann an:-

a 

b 

4. Cia mheud bonn **5sg** a th' ann an:-

a 

b 

Tha  aig Ben.  Tha  aig Sìne. 

Tha 38sg aca **uile-gu-lèir**.

5. Dè th' aig gach dithis **uile-gu-lèir**?

a Ben  agus Ravi 

b Jemma  agus Jane 

c Lucy  agus Ben 

Seo buinn eile a dh'fhaodadh tu a chleachdadh.


bonn 50sg


bonn £1

**Eisimpleir 3** Tha  co-ionann ri 

**Eisimpleir 4** Tha  co-ionann ri 

6. Cia mheud  a th' ann an  ?

7. Cia mheud  a th' ann an  ?

8. Cia mheud  a th' ann an  ?

9. Dè na buinn a chleachdadh tu airson pàigheadh airson gach rud:-

a

25sg

b

80sg

c

57sg

d

76sg

e

48sg

f

99sg

Duilleag-obrach 6·2

# Airgead is deicheadan

Faodar £1 a sgrìobhadh mar £1•00.

Faodar 93sg a sgrìobhadh mar £0•93.

Faodar 52sg a sgrìobhadh mar £0•52.

Faodar 30sg a sgrìobhadh mar £0•30.

Seo puing dheicheach

Nuair a tha thu ag obair le airgead tha dà àireamh daonnan an dèidh puing dheicheach.

## Eacarsaich 2

Duilleag-obrach 6.3

1. Sgrìobh iad seo le puing dheicheach:- (37sg = £0·37).

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| a | 95sg | b | 36sg | c | 20sg | d | 13sg |
| e | 99sg | f | 10sg | g | 80sg | h | 100sg |

2. Sgrìobh iad seo mar sgillinnean gun phuing dheicheach:-

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| a | £0·45 | b | £0·72 | c | £0·80 | d | £0·21 |
| e | £0·50 | f | £0·75 | g | £1·00 | h | £0·04 |

Faodar naochad 's a ceithir sgillinn a sgrìobhadh mar 94sg no £0·94

3. Sgrìobh gach prìs air dà dhòigh (mar gu -àrd):-

a seachdad 's a h-aon sgillinn

b fichead 's a dhà sgillinn

c seasgad sgillinn

d trithead sgillinn

e nota agus caogad 's a sia sgillinn.

## Cur-ris agus toirt-air-falbh

Nuair a tha thu a' cur-ris no a' toirt-air-falbh le airgead, **FEUMAIDH** tu na **puingean deicheach** a chumail dìreach fo chèile.

**Eisimpleirean** — **Cur-ris** — **Toirt-air-falbh**

43sg + 14sg
= 57sg




78sg - 13sg
= 65sg




### Eacarsaich 3

Duilleag-obrach 6·4

1. **Ath-sgrìobh** agus **crìochnaich** iad seo (**cur-ris**):-

a £0·34 + £0·15

b £0·47 + £0·31

c £0·44 + £0·34

d £0·55 + £0·16

e £0·54 + £0·38

f £0·66 + £0·26

g £0·30 + £0·50

h £0·25 + £0·55

i £0·40 + £0·60

j £0·57 + £0·29

k £0·86 + £0·14

l £0·29 + £0·69

m £0·53 + £0·26

n £0·26 + £0·58

o £0·22 + 59sg

2. Ath-sgrìobh agus crìochnaich iad seo (toirt-air-falbh):-

| | | |
|---|---|---|
| a £0·34 − £0·12 | b £0·56 − £0·41 | c £0·65 − £0·35 |
| d £0·47 − £0·25 | e £0·87 − £0·75 | f £0·76 − £0·66 |
| g £0·80 − £0·50 | h £0·72 − £0·57 | i £0·45 − £0·28 |
| j £0·67 − £0·49 | k £0·86 − £0·68 | l £0·98 − £0·89 |
| m £0·76 - £0·24 | n £0·45 - £0·18 | o £0·62 - 38sg |

3. a Bha £0·76 aig Ravi. Thug athair dha £0·22.

Dè th' aig Ravi a-nis?



b Chosg Seonaidh £0·36 air deoch

agus £0·45 air pàipear-naidheachd.

Dè chosg Seonaidh uile-gu-lèir?



c Chosg Lucy £0·16 air suiteas agus £0·36 air loilidh.

Dè chosg Lucy uile-gu-lèir?



4. a Bha £0·88 aig Nick. Chosg e £0·22 air bonnach.
Dè an t-airgead a bh' aige air fhàgail?



b Bha £0·93 aig Jemma na sporan. Chosg i £0·35.
Dè bh' aice air fhàgail?



c Chosg Ben £0·45 den £0·60 a bh' aige na phòcaid.
Dè bh' aige air fhàgail?



d Bha £0·78 aig Ravi. Thug e £0·35 dha phiuthar.
Dè bh' aig Ravi air fhàgail?



5. Seall ris na th' aig gach neach de dh'airgead:-



**Ben** £0·56

**Nick** £0·37





**Sìne** £0·23

**Lucy** £0·76



a Dè th' aig na **h-ighnean** **uile-gu-lèir**?

b Dè th' aig na **balaich** **uile-gu-lèir**?

c Dè th' aig **Ben** **a bharrachd** na th aig **Sìne**?

d Dè th' aig **Lucy** **a bharrachd** na th' aig **Ben**?

e Dè th' aig na **h-ighnean** **a bharrachd** na th' aig na **balaich**?

f Tha **Nick** agus **Sìne** ag iarraidh seòclaid a cheannach airson 70sg.
A bheil airgead gu leòr aca? **Mìnich do fhreagairt**.

6. Tha £0·70 aig Ben, £0·47 aig Lucy agus £1 aig Nick.

Chunnaic iad na rudan seo anns a' bhùth:-



Comaig £0·45




£0·36

£0·14





Piotsa £0·68

**Seall d' obrachadh gu lèir airson gach ceist:-**

a Dè bhiodh aig **Lucy** de airgead nan ceannaicheadh i **comaig**?

b Dè bhiodh aig **Ben** de airgead nan ceannaicheadh e **comaig**?

c Dè bhiodh aig **Ben** de airgead nan ceannaicheadh e **cnothan**?

d Dè bhiodh aig **Lucy** de airgead nan ceannaicheadh i **2 pheansail**?

e Dè bhiodh air fhàgail aig **Nick** nan ceannaicheadh e **piotsa**?

f Dè bhiodh air fhàgail aig **Nick** nan ceannaicheadh e **peansail**?

g A bheil gu leòr aig **Ben** airson **comaig agus peansail** a cheannach?

h A bheil gu leòr aig **Ben** airson **cnothan agus 2 pheansail** a cheannach?

i Cheannaich **Lucy 3 peansailean**. Dè th' aice air fhàgail a-nis?

j Cheannaich **Nick comaig agus cnothan**. Dè th' aige air fhàgail a-nis?

k Cia mheud **peansail** a dh'fhaodadh **Nick** a cheannach?

l Dè an t-airgead a th' aig an **3 chloinne uile-gu-lèir**?

# Geàrr-chunntas

1. a  Cia mheud  a th' ann an  ?

   b  Cia mheud  a th' ann an  ?

   c  Cia mheud  a th' ann an    ?

2. Ainmich na buinn a chleachdadh tu airson gach rud a phàigheadh:-

   a  33sg

   b  89sg

3. Sgrìobh gach prìs air **dà dhòigh**:- (dusan sgillinn = **12sg** no **£0·12**).

   a  seasgad sgillinn

   b  ochd sgillinn.

4. **Obraich a-mach**:-

   a  £0·54 + £0·23

   b  £0·46 + £0·38

   c  £0·78 − £0·24

   d  £0·57 − £0·39

   e  £0·72 + £0·19

   f  £0·71 − £0·37

5. Bha **£1** aig Calum. Chosg e **38sg** air sùgh agus **£0·48** air suiteis.
   Dè th' aig Calum air fhàgail?



# Caibideil 7

**NA cleachd àireamhair ach ann an Eacarsaich 8**






## Clàr nan 2 uireadan



| | |
|---|---|
| 2 sheata de 0 = 0 | 2 x 0 = 0 |
| 2 sheata de 1 = 2 | 2 x 1 = 2 |
| 2 sheata de 2 = 4 | 2 x 2 = 4 |
| 2 sheata de 3 = 6 | 2 x 3 = 6 |
| 2 sheata de 4 = 8 | 2 x 4 = 8 |
| 2 sheata de 5 = 10 | 2 x 5 = 10 |
| 2 sheata de 6 = 12 | 2 x 6 = 12 |
| 2 sheata de 7 = 14 | 2 x 7 = 14 |
| 2 sheata de 8 = 16 | 2 x 8 = 16 |
| 2 sheata de 9 = 18 | 2 x 9 = 18 |
| 2 sheata de 10 = 20 | 2 x 10 = 20 |

Ath-sgrìobh an earrann ghorm nad leabhar.

## Eacarsaich 1

1. Ath-sgrìobh agus cuir crìoch:-

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| a | 2 x 5 = | b | 2 x 4 = | c | 2 x 3 = |
| d | 2 x 6 = | e | 2 x 7 = | f | 2 x 1 = |
| g | 2 x 10 = | h | 2 x 9 = | i | 2 x 8 = |

2. Lorg na h-àireamhan a tha a dhìth:-

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| a | 2 x .... = 8 | b | 2 x .... = 4 | c | 2 x .... = 0 |
| d | 2 x .... = 18 | e | 2 x .... = 2 | f | 2 x .... = 16 |
| g | 2 x .... = 14 | h | 2 x .... = 12 | i | 2 x .... = 10 |

3. a Tha dà bhagaid bhananathan ann am bobhla.

Tha 4 bananathan anns gach bagaid.

Cia mheud banana a th' orra uile-gu-lèir?



b Tha dà dhaolaig bhreac-dhearg air duilleig.

Tha 8 spotan air gach daolaig.

Cia mheud spot a th' ann uile-gu-lèir?



c 

Tha 5 suiteis an urra aig Seumas is Anndra.

Cia mheud suiteas a th' aca uile-gu-lèir?

## Iomadachadh le 2

**Eisimpleir 1** Lorg **64 × 2**




**Eisimpleir 2** Lorg **45 × 2**




## Eacarsaich 2

Duilleag-obrach 7.1

**1. Ath-sgrìobh agus cuir crìoch:-**

| | | |
|---|---|---|
| **a** 32 × 2 | **b** 44 × 2 | **c** 21 × 2 |
| **d** 35 × 2 | **e** 26 × 2 | **f** 17 × 2 |
| **g** 73 × 2 | **h** 68 × 2 | **i** 85 × 2 |

**2. Obraich a-mach:-**

| | | |
|---|---|---|
| **a** 13 × 2 | **b** 42 × 2 | **c** 14 × 2 |
| **d** 25 × 2 | **e** 47 × 2 | **f** 19 × 2 |
| **g** 51 × 2 | **h** 62 × 2 | **i** 77 × 2 |

3. a Tha 2 chrogan air sgeilp.

Tha 32 picilean anns gach crogan.

Cia mheud picil a th' ann **uile-gu-lèir**?



$$\begin{array}{r} 32 \\ \times\ 2 \\ \hline \end{array}$$

b 

Tha Mòrag is Sandaidh **le chèile** 12 an-diugh.

Cia mheud coinneal a dh'fheumas iad **uile-gu-lèir**?

c Chruinnich Sìm is Donnchadh 37 steigearan **an urra**.

Cia mheud steigear a th' aca uile-gu-lèir?



d 


Tha **aon** bhurgar a' cosg 48sg.

Dè chosgadh 2 bhurgar?

e Chosg **aon chomaig** 98sg.

Dè chosgadh 2 chomaig?



Tha a' **dùblachadh** = ag **iomadachadh le 2**.

4. **Obraich a-mach**:-

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| a | 13 dùbailte | b | 44 dùbailte | c | 28 dùbailte |
| d | 35 dùbailte | e | 72 dùbailte | f | 95 dùbailte |

# Clàr nan 3 uireadan



| | |
|---|---|
| 3 seataichean de 0 = 0 | 3 x 0 = 0 |
| 3 seataichean de 1 = 3 | 3 x 1 = 3 |
| 3 seataichean de 2 = 6 | 3 x 2 = 6 |
| 3 seataichean de 3 = 9 | 3 x 3 = 9 |
| 3 seataichean de 4 = 12 | 3 x 4 = 12 |
| 3 seataichean de 5 = 15 | 3 x 5 = 15 |
| 3 seataichean de 6 = 18 | 3 x 6 = 18 |
| 3 seataichean de 7 = 21 | 3 x 7 = 21 |
| 3 seataichean de 8 = 24 | 3 x 8 = 24 |
| 3 seataichean de 9 = 27 | 3 x 9 = 27 |
| 3 seataichean de 10 = 30 | 3 x 10 = 30 |

Ath-sgrìobh an earrann **ghorm** nad leabhar.

## Eacarsaich 3

1. Ath-sgrìobh agus cuir crìoch:-

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| a | 3 x 5 = | b | 3 x 4 = | c | 3 x 3 = |
| d | 3 x 6 = | e | 3 x 7 = | f | 3 x 1 = |
| g | 3 x 10 = | h | 3 x 9 = | i | 3 x 8 = |

2. Lorg na h-àireamhan a tha a dhìth:-

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| a | 3 x .... = 12 | b | 3 x .... = 6 | c | 3 x .... = 30 |
| d | 3 x .... = 27 | e | 3 x .... = 3 | f | 3 x .... = 24 |
| g | 3 x .... = 21 | h | 3 x .... = 18 | i | 3 x .... = 15 |

3. a Tha trì buill-ghoilf anns a' bhogsa.
Cia mheud ball a th' ann an 4 bogsaichean?



b Ann an 3 gèamaichean, chuir iad 6 **tadhail** anns gach gèam. Cia mheud **tadhal** a bh' ann air fad?



c Tha 9 òrain air CD. Cia mheud òran a th' air 3 CDan?

d Gabhaidh aon chartan 7 glainnichean sùgha.
Cia mheud glainne sùgha a gheibheadh tu à 3 cartanan?



## 4. Ath-sgrìobh agus cuir crìoch:-

| | | |
|---|---|---|
| a  23 × 3 | b  12 × 3 | c  20 × 3 |
| d  15 × 3 | e  24 × 3 | f  35 × 3 |
| g  44 × 3 | h  51 × 3 | i  65 × 3 |

## 5. Obraich a-mach:-

| | | |
|---|---|---|
| a  13 × 3 | b  31 × 3 | c  11 × 3 |
| d  16 × 3 | e  24 × 3 | f  29 × 3 |
| g  38 × 3 | h  42 × 3 | i  88 × 3 |

6. a  Tha aon chluicheadair deug anns gach sgioba.
Cia mheud cluicheadair a th' ann an 3 sgiobaidhean?



b  Tha bonnach a' cosg 60sg.  Dè chosgadh 3 bonnaich?

c  Tha caraids-trèana a' gabhail 32 neach.
Cia mheud neach a ghabhadh 3 caraidsean?



## Clàr nan 4 uireadan

Seall air clàr nan 3 uireadan a th' air duilleig 68.

Nì sinn clàr nan 4 uireadan air an aon dòigh.

**Cleachd** Duilleag-obrach 7.3 agus cuir crìoch air clàr nan 4 uireadan.

| | | |
|---|---|---|
| 4 seataichean de 0 = 0 | 4 x 0 = 0 |
| 4 seataichean de 1 = 4 | 4 x 1 = 4 |
| 4 seataichean de 2 = 8 | 4 x 2 = 8 |
| 4 seataichean de 3 = 12 | 4 x 3 = 12 |
| 4 seataichean de 4 = 16 | 4 x 4 = 16 |
| 4 seataichean de .. = ... | 4 x 5 = 20 |
| 4 seataichean de .. = ... | 4 x 6 = ... |
| 4 seataichean de .. = ... | 4 x 7 = ... |
| 4 seataichean de .. = ... | 4 x .. = ... |
| 4 seataichean de.. = ... | 4 x .. = ... |
| 4 seataichean de .. = ... | 4 .. .. = ... |

## Eacarsaich 4

1. **Ath-sgrìobh** agus **cuir crìoch**:-

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| a | 4 x 5 = | b | 4 x 4 = | c | 4 x 3 = |
| d | 4 x 6 = | e | 4 x 7 = | f | 4 x 1 = |
| g | 4 x 10 = | h | 4 x 9 = | i | 4 x 8 = |

2. Lorg na h-àireamhan a tha **a dhìth**:-

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| a | 4 x .... = 16 | b | 4 x .... = 8 | c | 4 x .... = 40 |
| d | 4 x .... = 36 | e | 4 x .... = 4 | f | 4 x .... = 32 |
| g | 4 x .... = 28 | h | 4 x .... = 24 | i | 4 x .... = 20 |

3. Ath-sgrìobh agus cuir crìoch:-

| | | |
|---|---|---|
| a 12 × 4 | b 20 × 4 | c 14 × 4 |
| d 18 × 4 | e 24 × 4 | f 36 × 4 |
| g 31 × 4 | h 43 × 4 | i 55 × 4 |

4. Obraich a-mach:-

| | | |
|---|---|---|
| a 11 × 4 | b 21 × 4 | c 4 × 17 |
| d 27 × 4 | e 4 × 13 | f 30 × 4 |
| g 4 × 47 | h 87 × 4 | i 76 × 4 |

5. a Gabhaidh bogsa 22 seòclaidean.
Cia mheud seòclaid a ghabhas 4 bogsaichean?



b Tha crogan-silidh a' cosg 64sg. Dè chosgas 4 crogain?

c Tha 83 duilleagan ann an leabhar. Cia mheud duilleag a th' ann an 4 leabhraichean?




d Gabhaidh crogan 44 uinneanan. Cia mheud uinnean a ghabhas 4 crogain?

# Clàr nan 5 uireadan

Seall air clàr nan 3 uireadan air duilleig 68.

Nì sinn clàr nan 5 uireadan air an aon dòigh.

**Cleachd**

agus cuir crìoch air clàr nan 5 uireadan. Duilleag-obrach 7·5

| | |
|---|---|
| 5 seataichean de 0 = 0 | 5 x 0 = 0 |
| 5 seataichean de 1 = 5 | 5 x 1 = 5 |
| 5 seataichean de 2 = 10 | 5 x 2 = 10 |
| 5 seataichean de 3 = 15 | 5 x 3 = 15 |
| 5 seataichean de 4 = 20 | 5 x 4 = 20 |
| 5 seataichean de .. = ... | 5 x 5 = 25 |
| 5 seataichean de .. = ... | 5 x 6 = ... |
| 5 seataichean de .. = ... | 5 x 7 = ... |
| 5 seataichean de .. = ... | 5 x .. = ... |
| 5 seataichean de.. = ... | 5 x .. = ... |
| 5 seataichean de .. = ... | .. . .. = ... |

## Eacarsaich 5

1. Ath-sgrìobh agus crìochnaich:-

| | | |
|---|---|---|
| a 5 x 5 = | b 5 x 4 = | c 5 x 3 = |
| d 5 x 6 = | e 5 x 7 = | f 5 x 1 = |
| g 5 x 10 = | h 5 x 9 = | i 5 x 8 = |

2. Lorg na h-àireamhan a tha a dhìth:-

| | | |
|---|---|---|
| a 5 x .... = 25 | b 5 x .... = 10 | c 5 x .... = 50 |
| d 5 x .... = 45 | e 5 x .... = 5 | f 5 x .... = 40 |
| g 5 x .... = 35 | h 5 x .... = 30 | i 5 x .... = 15 |

3. Ath-sgrìobh agus cuir crìoch:-

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| a | 11 × 5 | b | 16 × 5 | c | 19 × 5 |
| d | 21 × 5 | e | 31 × 5 | f | 42 × 5 |
| g | 37 × 5 | h | 56 × 5 | i | 78 × 5 |

4. Obraich a-mach:-

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| a | 8 × 5 | b | 17 × 5 | c | 23 × 5 |
| d | 33 × 5 | e | 30 × 5 | f | 42 × 5 |
| g | 53 × 5 | h | 71 × 5 | i | 40 × 5 |



5. a Gabhaidh baga 13 marbalan.

Cia mheud marbal a ghabhas 5 bagaichean?

b Tha pacaid bhriosgaidean a' cosg 34sg. Dè chosgas 5 pacaidean?

c Tha 57 duilleagan ann am pàipear-naidheachd. Cia mheud duilleag a th' ann an 5 pàipearan-naidheachd?



d Tha 82 rothan ann an cloc.

Cia mheud roth a th' ann an 5 clocaichean?

## Clàr nan 10 uireadan

Seall air clàr nan 3 uireadan air duilleig 68.

Nì sinn clàr nan 10 uireadan air an aon dòigh.

Cleachd **Duilleag-obrach 7.7** agus cuir crìoch air clàr nan 10 uireadan.

| | |
|---|---|
| 10 seataichean de 0 = 0 | 10 x 0 = 0 |
| 10 seataichean de 1 = 10 | 10 x 1 = 10 |
| 10 seataichean de 2 = 20 | 10 x 2 = 20 |
| 10 seataichean de 3 = 30 | 10 x 3 = 30 |
| 10 seataichean de 4 = 40 | 10 x 4 = 40 |
| 10 seataichean de .. = ... | 10 x 5 = 50 |
| 10 seataichean de .. = ... | 10 x 6 = ... |
| 10 seataichean de .. = ... | 10 x 7 = ... |
| 10 seataichean de .. = ... | 10 x .. = ... |
| 10 seataichean de .. = ... | 10 x .. = ... |
| 10 seataichean de .. = ... | 10 x .. = ... |

## Eacarsaich 6

1. Ath-sgrìobh agus cuir crìoch:-

| | | |
|---|---|---|
| a 10 x 5 = | b 10 x 4 = | c 10 x 3 = |
| d 10 x 6 = | e 10 x 7 = | f 10 x 10 = |
| g 10 x 0 = | h 10 x 9 = | i 10 x 8 = |

2. Lorg na h-àireamhan a tha a dhìth:-

| | | |
|---|---|---|
| a 10 x .... = 50 | b 10 x .... = 20 | c 10 x .... = 0 |
| d 10 x .... = 90 | e 10 x .... = 10 | f 10 x .... = 80 |
| g 10 x .... = 70 | h 10 x .... = 60 | i 10 x .... = 30 |

# Iomadachadh le 10

Seo dòigh fhurasta air àireamh iomadachadh le 10:

**chan eil agad ach 0 a chur ri deireadh na h-àireimh**

Lorg 61 x 10 Lorg 80 x 10 Lorg 112 x 10




112 x 10 = 1120

## Eacarsaich 7

Duilleag-obrach 7·8

1. Ath-sgrìobh agus cuir crìoch:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a 14 x 10 | b 23 x 10 | c 52 x 10 | d 20 x 10 |
| e 17 x 10 | f 121 x 10 | g 217 x 10 | h 106 x 10 |
| i 230 x 10 | j 200 x 10 | k 301 x 10 | l 190 x 10 |

2. Dèan iad seo nad **cheann**:-

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| a | 41 x 10 | b | 16 x 10 | c | 22 x 10 | d | 76 x 10 |
| e | 40 x 10 | f | 20 x 10 | g | 70 x 10 | h | 90 x 10 |
| i | 122 x 10 | j | 231 x 10 | k | 401 x 10 | l | 500 x 10 |

3. Lorg na h-àireamhan a tha **a dhìth**:-

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| a | 10 x .... = 760 | b | 10 x .... = 200 | c | 10 x .... = 1030 |
| d | 10 x .... = 900 | e | 10 x .... = 1500 | f | 10 x .... = 3000 |

4. a Tha 2 sgèith air cuileig.

Cia mheud sgiath a th' air 10 cuileagan?



b



Tha 10 roinnean ann an orainsear.

Cia mheud roinn a th' ann an 17 orainsearan?

c Tha cù ag ithe 10 briosgaidean san latha.

Cia mheud briosgaid a dh'itheas ann an **cola-deug** (14 latha)

d



Tha 245 sreathan de fhlùraichean ann an achadh.

Cia mheud sreath a bhios ann an 10 achaidhean?

e Tha 10 **pacaidean-chriosps** ann an aon phacaid mhòir.

Gabhaidh **bogsa 36** pacaidean mòra.

Cia mheud **pacaid bheag** a th' ann am **bogsa**?



## A' cleachdadh àireamhair

Duilleag-obrach 7·9

Lorg na putain seo air an àireamhair:-

[×] Tha seo a' ciallachadh **iomadaich**

[=] Tha seo a' ciallachadh **co-ionann ri**




**Eisimpleir:-** Cuir a-steach 27 [×] 5 [=] 'S e 135 an fhreagairt.

## Eacarsaich 8

Cleachd **àireamhair** san eacarsaich seo.



1. Obraich a-mach:-

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| a | 5 x 4 | b | 7 x 10 | c | 3 x 9 | d | 4 x 8 |
| e | 12 x 8 | f | 11 x 4 | g | 52 x 6 | h | 77 x 9 |
| i | 16 x 8 | j | 16 x 7 | k | 15 x 14 | l | 123 x 15 |

2. a Feumaidh tu 95 pìosan-fiodha airson a' bhothag seo a thogail
   Cia mheud pìos-fiodha a dh'fheumas tu airson 5 bothagan?



b



Tha 52 cairtean ann an aon phaca.
Cia mheud cairt a th' ann an 7 pacannan?

3. Obraich a-mach:-

a 5 x 8 = ... agus 8 x 5 = ... Dè chì thu?

b 32 x 4 = ... agus 4 x 32 = ... Dè chì thu?

# Geàrr-chunntas

1. **Ath-sgrìobh** agus **cuir crìoch**:-

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| a | 3 x 6 = | b | 2 x 8 = | c | 5 x 7 = |
| d | 10 x 6 = | e | 4 x 6 = | f | 5 x 9 = |

2. Lorg na h-àireamhan a tha **a dhìth** :-

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| a | 2 x ..... = 14 | b | 3 x ..... = 15 | c | 4 x ..... = 32 |
| d | 10 x ..... = 90 | e | 4 x ..... = 0 | f | 5 x ..... = 35 |

3. a Gabhaidh bogsa 3 buill-ghoilf.

Cia mheud ball-goilf a th' ann an 7 bogsaichean?



b



Tha 4 peataichean aig gach nighinn.

Cia mheud peata a th' aig 9 nigheanan?

c Tha **ceithir** seòclaidean anns gach sreath.

Cia mheud seòclaid a th' ann an **sia** sreathan?



4. **Obraich a-mach**:-

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| a | 54 × 2 | b | 75 × 3 | c | 47 × 4 |
| d | 31 x 3 | e | 45 x 5 | f | 49 x 4 |

# Caibideil 8

NA cleachd àireamhair






## Ainmean chumaidhean

Bu chòir gum biodh tu eòlach air na cumaidhean seo:-



triantain | ceàrnagan | ceart-cheàrnachan | cearcaill

## Eacarsaich 1

1. Dè an cumadh a tha seo? →





2. ← Dè an cumadh a tha seo?

3. Dè an cumadh a tha seo? →





4. ← Dè an cumadh a tha seo?

5. Seall air an dealbh seo:-



a Cia mheud **cearcall** a th' ann?

b Cia mheud **ceàrnag** a th' ann?

c Cia mheud **triantan** a th' ann?

d Cia mheud **ceart-cheàrnach** a th' ann?

e Cia mheud **cearcall pinc** a th' ann?

f Cia mheud **triantan uaine** a th' ann?

6. Seall air na dealbhan seo. Dè na cumaidhean a **chì** thu annta?

a




b



c



d



e



f



g



h



7. Tha an taigh seo air a dhèanamh suas le cumaidhean.

Cia mheud **ceàrnag**, **ceart-cheàrnach**, **cearcall** agus **triantan** a chì thu?



## Taobhan, oiseanan is ceàrnan

Seall air a' **cheart-cheàrnach** seo:-

Am faic thu gu bheil:-

- **4 oiseanan** air
- **4 taobhan** air
- **4 ceàrnan** air?




## Eacarsaich 2

Feumaidh tu **rùilear**.

Duilleag-obrach 8 · 1

1. **Dèan copaidh** den **cheàrnaig** seo is cuir dath **uain'** oirre.




   a Sgrìobh am facal **taobh** aig gach taobh.

   b Sgrìobh am facal **oisean** aig gach oisean.

   c Comharraich gach **ceàrn** mar seo:-



2. **Dèan copaidh** den **cheart-cheàrnach** seo is cuir dath **gorm** air



   a Sgrìobh am facal **taobh** aig gach taobh.

   b Sgrìobh am facal **oisean** aig gach oisean.

   c Comharraich gach **ceàrn** mar seo:-



3. Dèan copaidh den triantan seo agus cuir dath pinc air.



a Sgrìobh am facal taobh aig gach taobh.

b Sgrìobh am facal oisean aig gach oisean.

c Comharraich gach ceàrn.

4. Seall air a' chearcall dhonn seo:-



a Cia mheud taobh a th' air?

b Cia mheud oisean a th' air?

c Cia mheud ceàrn a th' ann?

5. a Cia mheud taobh a th' air ceàrnaig?



b Cia mheud oisean a th' oirre?

c Cia mheud ceàrn a th' innte?

6. a Cia mheud taobh a th' air ceart-cheàrnach?



b Cia mheud oisean a th' air?

c Cia mheud ceàrn a th' ann?

7. a Cia mheud taobh a th' air triantan?



b Cia mheud oisean a th' air?

c Cia mheud ceàrn a th' ann?

8. **Dèan copaidh** den chumadh seo agus cuir dath air.



a Cia mheud **taobh** a th' air a' chumadh?

b Cia mheud **oisean** a th' air?

c Cia mheud **ceàrn** a th' ann?

d Faigh a-mach gu dè chanas sinn ris.

9. **Dèan copaidh** den chumadh seo agus cuir dath air.



a Cia mheud **taobh** a th' air a' chumadh?

b Cia mheud **oisean** a th' air?

c Cia mheud **ceàrn** a th' ann?

d Faigh a-mach gu dè chanas sinn ris.

10. a Cia mheud **taobh** a th' air a' chumadh seo?

b Cia mheud **oisean** a th' air?

c Cia mheud **ceàrn** a th' ann?



11.



a Cia mheud **taobh** a th' air a' chumadh seo?

b Cia mheud **oisean** a th' air?

c Cia mheud **ceàrn** a th' ann?

12. Seall air na cumaidhean seo:-




a Dè na cumaidhean air a bheil **4 taobhan**?

b Dè na cumaidhean anns a bheil **3 ceàrnan**?

c Dè an cumadh air a bheil **5 oiseanan**?

d Dè an cumadh air nach eil ach **1 taobh lùbte** a-mhàin?

e Dè an cumadh air a bheil **1 taobh lùbte** agus **1 taobh dìreach**?

13. Le rùilear, dèan dealbhan dhiubh seo:- (Cuir **dath** orra.)



a Cumadh air a bheil **3 taobhan**.

b Cumadh anns a bheil **4 ceàrnan**.

c Cumadh air a bheil **5 taobhan**.

d Cumadh air a bheil **6 taobhan**.

e Cumadh air a bheil **4 oiseanan**.

f Cumadh air a bheil **8 taobhan**.

g Cumadh air nach eil ach **1 taobh lùbte** a-mhàin

*(doirbh)*

## Leacadh

Còmhdaichidh cuid de chumaidhean duilleag gun bheàrn idir a bhith ann.

'S e leacadh a chanas sinn ri seo

Nì a' cheàrnag ghorm leacadh.



CHA dèan an leth-chearcall uaine seo leacadh idir.




## Eacarsaich 3

1. An dèan an cumadh seo leacadh?



2. An dèan an cumadh seo leacadh?



3. An dèan an cumadh seo leacadh?



4. An dèan na cumaidhean seo leacadh? (Sgrìobh nì no cha dèan.)

a


b


c


d


e


Feumaidh tu pàipear ceàrnagach 1 cm.

Duilleag-obrach 8·2

5. Dèan copaidh den cheàrnaig seo air pàipear ceàrnagach. Cuir dath oirre.



Dèan dealbh de 8 ceàrnagan eile timcheall oirre airson sealltainn mar a nì a' cheàrnag leacadh.

6. Dèan copaidh den cheart-cheàrnach seo air pàipear ceàrnagach. Cuir dath air.



Dèan dealbh de 8 ceart-cheàrnachan eile timcheall air airson sealltainn mar a nì an ceart-cheàrnach leacadh.

7. Dèan copaidh den triantan seo air pàipear ceàrnagach. Cuir dath air.

Cuir tuilleadh thriantan timcheall air airson sealltainn mar a nì an triantan leacadh.



8. Dèan copaidh den **cheàrnaig** seo air pàipear ceàrnagach. Cuir dath oirre.



Cuir ceàrnagan **eile** timcheall oirre airson sealltainn mar a nì a' cheàrnag seo leacadh.

9. Dèan copaidh den **triantan** seo air pàipear ceàrnagach. Cuir dath air.



Cuir **tuilleadh** thriantan timcheall air airson sealltainn mar a nì an triantan leacadh.

10. Dèan copaidh den **triantan** seo air pàipear ceàrnagach. Cuir dath ann.

Cuir **tuilleadh** thriantan timcheall air airson sealltainn gun dèan an triantan seo leacadh.



Duilleag-obrach 8·3

# Geàrr-chunntas

1. a Dè an t-ainm a th' air a' chumadh **dhearg**?
   b Dè an t-ainm a th' air an fhear **ghorm**?
   c Dè an t-ainm a th' air an fhear **uaine**?
   d Dè an t-ainm a th' air an fhear **dhonn**?



2.



a Cia mheud **taobh** a th' air a' chumadh seo?

b Cia mheud **oisean** a th' air?

c Cia mheud **ceàrn** a th' ann?

3. a Le rùilear, dèan dealbh de chumadh air a bheil **còig** taobhan.
   b Cia mheud **oisean** a th' air a' chumadh?
   c Cia mheud **ceàrn** a th' ann?

4. Dè na cumaidhean a nì **leacadh**? (**gun** bheàrnan).




5. Dèan copaidh den **triantan** seo air pàipear ceàrnagach. Cuir dath air.

   Cuir **tuilleadh** thriantan timcheall air airson sealltainn mar a nì an triantan seo **leacadh**.



# Caibideil 9




## A' roinn le 2

Nuair a tha sinn a' roinn le 2 tha e coltach ri bhith a' dèanamh 2 earrainn cho-ionnan de rud airson dithis.

Bha 2 mharbal aig Lucy.
Roinn i iad le Sìne.
Fhuair Sìne is Lucy 1 mharbal an urra.
Canaidh sinn gu bheil 2 air a roinn le 2 = 1.




no $2 \div 2 = 1$






Bha 4 marbalan aig Nick.
Roinn e iad le Ben.
Fhuair Nick is Ben 2 mharbal an urra.

Canaidh sinn gu bheil

4 air a roinn le 2 = 2

no $4 \div 2 = 2$



Tha 6 marbalan aig Jemma.
Roinn i gu cothromach iad le Ravi.
Fhuair Jemma is Ravi 3 marbalan an urra.

Canaidh sinn gu bheil 6 air a roinn le 2 = 3

no $6 \div 2 = 3$



## Eacarsaich 1

1. **Ath-sgrìobh** iad seo agus **cuir crìoch**:-

| | | |
|---|---|---|
| a 4 ÷ 2 = .... | b 6 ÷ 2 = .... | c 8 ÷ 2 = .... |
| d 10 ÷ 2 = .... | e 12 ÷ 2 = .... | f 14 ÷ 2 = .... |
| g 16 ÷ 2 = .... | h 18 ÷ 2 = .... | i 20 ÷ 2 = .... |

2. Lorg na h-àireamhan a tha a dhìth:-

| | | |
|---|---|---|
| a □ ÷ 2 = 3 | b □ ÷ 2 = 5 | c □ ÷ 2 = 8 |
| d □ ÷ 2 = 10 | e □ ÷ 2 = 6 | f □ ÷ 2 = 7 |

3. Dèan na ceistean seo **nad cheann**.

a Tha 6 suiteis air an roinn gu cothromach eadar 2 nighean.
Cia mheud suiteas a fhuair gach nighean?



b 

Tha 10 currain air an roinn gu cothromach eadar 2 choineanach.

Cia mheud curran a fhuair gach coineanach?

c Tha 14 briosgaidean air an roinn gu cothromach eadar 2 chù.

Cia mheud briosgaid a gheibh gach cù?



d 

Tha 4 sliseagan tost air an roinn gu cothromach eadar Mgr Todd 's a bhean.

Cia mheud sliseag a fhuair gach neach?

Bidh sinn a' sgrìobhadh shuimean ann an 2 dhòigh.




N O




Nuair a tha thu a' roinn àireamhan nas motha, nì thu sin ann an dà cheum.

Tha 64 ÷ 2 = ....
air a sgrìobhadh mar:- $\begin{array}{r} 3\ 2 \\ 2\overline{)6\ 4} \end{array}$

Cia mheud 2 a th' ann an 6? Tha 3
Cia mheud 2 a th' ann an 4? Tha 2

Tha 82 ÷ 2 = ....
air a sgrìobhadh mar:- $\begin{array}{r} 4\ 1 \\ 2\overline{)8\ 2} \end{array}$

Cia mheud 2 a th' ann an 8? Tha 4
cia mheud 2 a th' ann an 2? Tha 1

## Eacarsaich 2

Duilleag-obrach 9·1a

1. Ath-sgrìobh agus cuir crìoch:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a $2\overline{)24}$ | b $2\overline{)28}$ | c $2\overline{)46}$ | d $2\overline{)48}$ |
| e $2\overline{)66}$ | f $2\overline{)64}$ | g $2\overline{)82}$ | h $2\overline{)88}$ |
| i $2\overline{)62}$ | j $2\overline{)86}$ | k $2\overline{)46}$ | l $2\overline{)26}$ |

**Seall d' obrachadh GU LÈIR**

2. a Bha 48 steigearan air an roinn gu cothromach eadar Ravi is Nick.
   Cia mheud steigear a fhuair gach balach?

   b. Bha £24 air an roinn gu cothromach eadar Sìne is Jemma.
   Dè fhuair gach tè?



## A' roinn le 2 - le còrr

Uaireannan, nuair a bhios tu a' roinn rudan slàna, bidh cuid de rudan air fhàgail - 's e **an còrr** a chanas sinn riutha sin.



**Eisimpleir:-** Tha 7 cnothan rin roinn gu cothromach eadar dà bhaga.




3 cnothan ann an 1 bhaga
3 cnothan anns a' bhaga eile
ach tha 1 chnò air fhàgail

$7 \div 2 = 3,\ 1$ an còrr

$$2\overline{)7}\ \ \text{(3 c 1)}$$

Nuair a bhios tu **a' roinn àireamhan nas motha**, nì thu sin ann an 2 cheum

Tha $27 \div 2 =$ ....
sgrìobhte mar:- $2\overline{)27}$ (1 3 c 1)

Cia mheud 2 a th' ann an 2? Tha 1
Cia mheud 2 a th' ann an 7? Tha 3 c 1

Tha $45 \div 2 =$ ....
sgrìobhte mar:- $2\overline{)45}$ (2 2 c 1)

Cia mheud 2 a th' ann an 4? Tha 2
Cia mheud 2 a th' ann an 5? Tha 2 c 1

## Eacarsaich 3

Duilleag-obrach 9·1b

1. **Ath-sgrìobh** agus **cuir crìoch** orra seo. **Cleachd cunntairean no ciùban.**

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| a | $9 \div 2 =$ .... | b | $5 \div 2 =$ .... | c | $3 \div 2 =$ .... | d | $7 \div 2 =$ .... |
| e | $11 \div 2 =$ .... | f | $17 \div 2 =$ .... | g | $19 \div 2 =$ .... | h | $13 \div 2 =$ .... |

2. **Ath-sgrìobh** agus **cuir crìoch** orra seo:-

| | | | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|---|---|
| a | $23 \div 2 =$ .... | b | $47 \div 2 =$ .... | c | $65 \div 2 =$ .... | d | $87 \div 2 =$ .... |
| e | $2\overline{)25}$ | f | $2\overline{)41}$ | g | $2\overline{)63}$ | h | $2\overline{)89}$ |

**Seall d' obrachadh AIR FAD**

3. a  Bha 21 siris air an roinn gu cothromach eadar Ravi agus Nick.
Cia mheud siris a fhuair gach balach agus cia mheud a bh' air fhàgail a chòrr?



b Bha 27 carrain air an roinn gu cothromach eadar dà chòcaire.
Cia mheud carran a fhuair gach còcaire, agus cia mheud a bh' air fhàgail?

c  Roinn Ailig is Anna 69 tofaidhean gu cothromach eatarra.
Cia mheud tofaidh a fhuair gach neach agus cia mheud a bh' air fhàgail?

d Cheannaich Ben is Sam 83 steigearan agus roinn iad gu cothromach iad eatarra.



Cia mheud steigear a fhuair gach aon agus cia mheud a bh' air fhàgail?

e  Fhuair dà ròn 29 èisg.

Ma fhuair gach ròn an aon àireamh de dh'èisg, cia mheud a fhuair iad an urra agus cia mheud a bh' air fhàgail a chòrr?

f Bha 43 gràineanan-liotais air an roinn gu cothromach eadar dà shreath.
Cia mheud gràinean a th' anns gach sreath agus cia mheud a th' air fhàgail?



g Bha 81 bonnaich air an roinn gu cothromach air dà thruinnsear.

Cia mheud bonnach a bh' air gach truinnsear agus cia mheud a bh' air fhàgail?



## A' roinn le 2 - Tuilleadh mun Chòrr

Uaireannan, tha **an còrr** a' tighinn **ann am meadhan** an roinnidh.

**Eisimpleir 1:-** Lorg 32 ÷ 2.




Tha **an còrr** air a ghiùlan

Uaireannan, bidh **An Còrr** anns an roinneadh **barrachd is aon uair**.

**Eisimpleir 2:-** Lorg 35 ÷ 2.




Tha **an còrr** air a ghiùlan agus tha **còrr** eile aig an deireadh

**Eisimpleir 3:-** Lorg 57 ÷ 2.




## Eacarsaich 4

Duilleag-obrach 9·2a

1. **Ath-sgrìobh** agus **cuir crìoch** orra seo. **Cleachd cunntairean no ciùban.**

| | | | |
|---|---|---|---|
| a 38 ÷ 2 = .... | b 50 ÷ 2 = .... | c 72 ÷ 2 = .... | d 94 ÷ 2 = .... |
| e $2\overline{)34}$ | f $2\overline{)70}$ | g $2\overline{)52}$ | h $2\overline{)96}$ |

**Seall d' obrachadh AIR FAD**

2. a Bha **30** liotair ola air an roinn gu cothromach eadar dà chàr.
   Cia mheud liotair a bh' air an cur anns gach càr?



b



Tha **52** àite-suidhe air an dà bhus.
Ma tha an aon àireamh àitichean-suidhe anns gach bus, cia mheud àite-suidhe a th' anns gach bus?

2. c Uile-gu-lèir, tha 78 briosgaidean ann an dà bhogsa.

Bha an aon àireamh air an gabhail às gach bogsa.
Cia mheud briosgaid a thàinig às gach bogsa?



d



Uile-gu-lèir, tha 90 duilleag ann an dà lethbhreac den aon phàipear-naidheachd.
Cia mheud duilleag a th' anns gach lethbhreac?

3. Ath-sgrìobh agus cuir crìoch orra seo. Cleachd cunntairean no ciùban.

| | | | |
|---|---|---|---|
| a $57 \div 2 =$ .... | b $39 \div 2 =$ .... | c $71 \div 2 =$ .... | d $93 \div 2 =$ .... |
| e $2\overline{)31}$ | f $2\overline{)55}$ | g $2\overline{)73}$ | h $2\overline{)99}$ |

Seall d' obrachadh GU LÈIR

4. a



Bha 59 suiteis air an roinn gu cothromach eadar 2 bhalach. Cia mheud suiteas a fhuair gach balach agus cia mheud a bh' air fhàgail?

b Bha 37 bodaich-ròcais air an roinn eadar dà achadh. Cia mheud bodach-ròcais a bh' anns gach achadh agus cia mheud a bh' air fhàgail?



c



Bha roghainn de 19 òrain aig dà sheinneadair aig Karaoke.
Ma sheinn iad le chèile an aon àireamh de dh'òrain, cia mheud a sheinn gach neach agus cia mheud òran a bh' air fhàgail?

5. Ath-sgrìobh agus cuir crìoch orra seo:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a $2\overline{)18}$ | b $2\overline{)48}$ | c $2\overline{)65}$ | d $2\overline{)77}$ |
| e $2\overline{)21}$ | f $2\overline{)86}$ | g $2\overline{)29}$ | h $2\overline{)95}$ |

Duilleag-obrach 9·2b

## A' Roinn le 3

Nuair a tha thu **a' roinn** le **3** tha e coltach ri bhith **a' dèanamh** 3 earrannan de rud airson **triùir**.

Bha **3** marbalan aig Jill.
Roinn i gu cothromach iad eadar i fhèin, Anna is Carol.
Fhuair Jill, Anna is Carol **1** mharbal an urra.




Canaidh sinn gu bheil **3 air a roinn le 3 = 1**.

no **3 ÷ 3 = 1**




Bha **6** marbalan aig Sid.
Roinn e iad le Bob is Joe.
Fhuair Sid, Bob is Joe **2** mharbal an urra.
Canaidh sinn gu bheil **6 air a roinn le 3=2**

no **6 ÷ 3 = 2**

Bha **9** marbalan aig Sarah.
Roinn i iad le Timmy agus Paula.
Fhuair Sarah, Timmy is Paula **3** marbalan an urra.




Canaidh sinn gu bheil **9 air a roinn le 3 = 3**

no **9 ÷ 3 = 3**

## Eacarsaich 5

1. **Ath-sgrìobh** iad seo agus **cuir crìoch** orra:-

| | | |
|---|---|---|
| a $6 \div 3 =$ .... | b $9 \div 3 =$ .... | c $18 \div 3 =$ .... |
| d $15 \div 3 =$ .... | e $12 \div 3 =$ .... | f $21 \div 3 =$ .... |
| g $24 \div 3 =$ .... | h $27 \div 3 =$ .... | i $30 \div 3 =$ .... |

2. Lorg na h-àireamhan a tha a dhìth:-

| | | |
|---|---|---|
| a ◯ $\div 3 = 3$ | b ◯ $\div 3 = 6$ | c ◯ $\div 3 = 7$ |
| d ◯ $\div 3 = 5$ | e ◯ $\div 3 = 10$ | f ◯ $\div 3 = 8$ |

3. Dèan na ceistean seo **nad cheann.**

a Bha 9 DVDan air an roinn gu cothromach eadar 3 chloinne. Cia mheud DVD a fhuair gach aon?



b Bha 15 dartaichean air an roinn gu cothromach eadar Ravi agus Nick.
Cia mheud gath a fhuair gach balach?



c Bha 12 bonnach air an roinn gu cothromch eadar 3 ailbheanan.
Cia mheud bonnach a fhuair gach ailbhean?



d Bha 18 bananathan ann an 3 bagaidean gu cothromach....
Cia mheud banana a bh' anns gach bagaid?



Nuair a bhios tu **a' roinn àireamhan nas motha**, nì thu sin ann an dà cheum.

Sgrìobhaidh sinn **36 ÷ 3 = ....** mar:-

$$3\overline{)36}\quad\text{freagairt: } 12$$

**Cia mheud 3 a th' ann an 3?** **Tha 1**

**Cia mheud 3 a th' ann an 6?** **Tha 2**

**4.** **Ath-sgrìobh** agus **crìochnaich** iad seo:-

Duilleag-obrach 9·3a

| | | | |
|---|---|---|---|
| **a** $3\overline{)30}$ | **b** $3\overline{)39}$ | **c** $3\overline{)27}$ | **d** $3\overline{)90}$ |
| **e** $3\overline{)66}$ | **f** $3\overline{)33}$ | **g** $3\overline{)60}$ | **h** $3\overline{)96}$ |
| **i** $3\overline{)99}$ | **j** $3\overline{)69}$ | **k** $3\overline{)93}$ | **l** $3\overline{)63}$ |

**Seall d' obrachadh AIR FAD**

**5.** **a** Tha 3 chloinne a' roinn **£33** gu cothromach.

Dè gheibh gach aon uile-gu-lèir?



**b**



Uile-gu-lèir tha **69** peansailean ann an 3 bogsaichean.
Cia mheud peansail a th' anns gach bogsa?

**c** Dh'ith Daibhidh na bha de chnothan ann an trì bagaichean gu cothromach.

Dh'ith e **39** cnothan uile-gu-lèir.

Cia mheud cnò a bh' anns gach baga?




**d** Roinn Jean, Jemma agus Lucy **93** seòclaidean gu cothromach eatarra.

Cia mheud seòclaid a fhuair gach nighean?



# A' roinn le 3 - le còrr

**Eisimpleir 1:-**

Sgrìobhaidh sinn
37 ÷ 3 = .... mar:-

1 2 c 1
3⟌3 7

Cia mheud 3 a th' ann an 3? tha 1
Cia mheud 3 a th' ann an 7? tha 2 c 1

**Eisimpleir 2:-**

tha 1 an còrr
air a ghiùlan

Sgrìobhaidh sinn
45 ÷ 3 = .... mar:-

1 5
3⟌4 [1]5

Cia mheud 3 a th' ann an 4? Tha 1 c 1
Cia mheud 3 a th' ann an 15? Tha 5

**Eisimpleir 3:-**

Tha a' chiad chòrr air a ghiùlan agus tha còrr eile aig an deireadh.

Sgrìobhaidh sinn
53 ÷ 3 = .... mar:-

1 7 c 2
3⟌5 [2]3

Cia mheud 3 a th' ann an 5? Tha 1 c 2
Cia mheud 3 a th' ann an 23? Tha 7 c 2

## Eacarsaich 6

Duilleag-obrach 9·3b

1. Ath-sgrìobh iad seo agus cuir crìoch orra:-

| | | |
|---|---|---|
| a 10 ÷ 3 = .... | b 11 ÷ 3 = .... | c 17 ÷ 3 = .... |
| d 19 ÷ 3 = .... | e 7 ÷ 3 = .... | f 5 ÷ 3 = .... |
| g 13 ÷ 3 = .... | h 23 ÷ 3 = .... | i 25 ÷ 3 = .... |

2. Ath-sgrìobh iad seo agus cuir crìoch orra:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a 3⟌31 | b 3⟌35 | c 3⟌62 | d 3⟌34 |
| e 3⟌68 | f 3⟌61 | g 3⟌95 | h 3⟌37 |
| i 3⟌64 | j 3⟌97 | k 3⟌67 | l 3⟌91 |

Seall d' obrachadh AIR fAD

3. a Chaidh 37 cnothan a roinn gu cothromach eadar trì feòragan.

Cia mheud a fhuair gach tè agus cia mheud a bh' air fhàgail?



b



Chaidh 65 èisg a roinn gu cothromach eadar 3 mucan-mara.

Cia mheud iasg a fhuair gach muc-mhara agus dè an còrr a bh' air fhàgail?

c Bha 61 orainsear air an ceannach do thrì sgiobaidhean. Ma fhuair gach sgioba an aon àireamh de dh'orainsearan, cia mheud a fhuair iad agus dè an còrr a bh' air fhàgail?



d



Bha 95 planntraisean air an roinn gu cothromach eadar 3 gàirnealairean.

Cia mheud planntrais a fhuair gach gàirnealair agus dè an còrr a bh' air fhàgail?

4. Ath-sgrìobh agus crìochnaich:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a $3\overline{)21}$ | b $3\overline{)27}$ | c $3\overline{)45}$ | d $3\overline{)48}$ |
| e $3\overline{)51}$ | f $3\overline{)54}$ | g $3\overline{)75}$ | h $3\overline{)72}$ |
| i $3\overline{)78}$ | j $3\overline{)81}$ | k $3\overline{)84}$ | l $3\overline{)87}$ |

Seall d' obrachadh AIR FAD

5. a Bha 45 isbeanan air an roinn gu cothromach eadar 3 grilichean.

Cia mheud isbean a bh' air gach gril?



b Chaidh 87 dealain-dè air an roinn gu cothromach eadar 3 sùthan.

Cia mheud dealan-dè a fhuair gach sù?





5. c Chaidh 15 sliseagan-arain a roinn gu cothromach eadar 3 tunnagan.

Cia mheud sliseag a fhuair gach tunnag?



d



Bha 81 pinn air an ceannach do 3 clasaichean.

Cia mheud peann a fhuair gach clas?

Duilleag-obrach 9·4a

6. Ath-sgrìobh agus crìochnaich:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| 3⟌44 | 3⟌53 | 3⟌19 | 3⟌11 |
| 3⟌14 | 3⟌28 | 3⟌47 | 3⟌50 |
| 3⟌77 | 3⟌86 | 3⟌59 | 3⟌88 |

Seall d' obrachadh AIR FAD

7. a Bha 89 cupannan-tì ann son 3 buidhnean de sheann daoine.

Fhuair gach buidheann an aon àireamh de chupannan.

Cia mheud a ghabh gach buidheann agus cia mheud cupa a bh' air fhàgail?



b



Chaidh 26 sligean air an roinn gu cothromach eadar 3 nigheanan.

Cia mheud slige a fhuair gach nighean agus cia mheud a bh' air fhàgail?

c Bha 86 sliseagan air an roinn eadar John, Steve is Craig.

Fhuair gach balach an aon àireamh de shliseagan.

Cia mheud sliseag a fhuair iad an urra agus cia mheud a bh' air fhàgail?



7. d 

Bha 11 liotairean de shùgh air an roinn gu cothromach eadar 3 clasaichean.
Cia mheud liotair a fhuair gach clas de shùgh agus cia mheud liotair a bh' air fhàgail?

e Chaidh 34 craobhan a chur ann an 3 gàrraidhean.



Bha an aon àireamh de chraobhan anns gach gàrradh.

Cia mheud a bh' anns gach gàrradh agus cia mheud craobh a bh' air fhàgail?

f Roinn 3 daoine 58 sùbhan-làir gu cothromach eatarra.

Cia mheud sùbh-làir a fhuair gach duine agus cia mheud a bh' air fhàgail?





Duilleag-obrach 9·4b

8. **Ath-sgrìobh** iad seo agus obraich a-mach iad:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a $3\overline{)18}$ | b $3\overline{)22}$ | c $3\overline{)29}$ | d $3\overline{)30}$ |
| e $3\overline{)34}$ | f $3\overline{)39}$ | g $3\overline{)41}$ | h $3\overline{)47}$ |
| i $3\overline{)50}$ | j $3\overline{)53}$ | k $3\overline{)57}$ | l $3\overline{)59}$ |
| m $3\overline{)60}$ | n $3\overline{)62}$ | o $3\overline{)67}$ | p $3\overline{)70}$ |
| q $3\overline{)72}$ | r $3\overline{)75}$ | s $3\overline{)79}$ | t $3\overline{)81}$ |
| u $3\overline{)84}$ | v $3\overline{)89}$ | w $3\overline{)91}$ | x $3\overline{)97}$ |

## A' Roinn le 4

Nuair a tha thu **a' roinn** le **4** tha e coltach ri bhith **a' dèanamh** ceithir earrannan gu cothromach de rud airson **ceathrar**.

Bha **4** marbalan aig Bert.
Thug e roinnean gu cothromach dha fhèin, Al, Tom is Jim. Fhuair Bert, Al, Tom agus Jim **1** mharbal an urra.




Canaidh sinn gu bheil **4 air a roinn le 4 = 1**.

no **4 ÷ 4 = 1**




Bha **8** marbalan aig Màiri.
Roinn i iad le Nan, Di and Jo.
Fhuair Màiri, Nan, Di agus Jo **2** mharbal an urra.
Canaidh sinn gu bheil

**8 air a roinn le 4 = 2**

no **8 ÷ 4 = 2**

## Eacarsaich 7

1. **Ath-sgrìobh** agus **cuir crìoch**:-

| | | |
|---|---|---|
| a 8 ÷ 4 = .... | b 12 ÷ 4 = .... | c 24 ÷ 4 = .... |
| d 20 ÷ 4 = .... | e 16 ÷ 4 = .... | f 28 ÷ 4 = .... |
| g 32 ÷ 4 = .... | h 36 ÷ 4 = .... | i 40 ÷ 4 = .... |

2. Lorg na h-àireamhan a tha a dhìth:-

| | | |
|---|---|---|
| a ☐ ÷ 4 = 3 | b ☐ ÷ 4 = 6 | c ☐ ÷ 4 = 7 |
| d ☐ ÷ 4 = 5 | e ☐ ÷ 4 = 10 | f ☐ ÷ 4 = 8 |

3. Dèan na ceistean seo **nad cheann**.

a Dh'ith a' phiseag **28** seòclaidean ann an **4** latha.

Cia mheud seòclaid a dh'ith a' phiseag gach latha?



b



Tha **40** òran air **4** CDan.

Cia mheud òran a th' air gach CD ma tha an aon àireamh air gach fear?

c Chaidh **32** bonnaich a roinn gu cothromach eadar Nick, Ravi, Lucy agus Ben.



Cia mheud bonnach a fhuair gach pàiste?

d



Chaidh **ceathrar** bhalach a dh'iasgach air loch.

Uile-gu-lèir, ghlac iad **12** bradan.

Ma ghlac iad uile an aon àireamh, cia mheud bradan a ghlac gach fear aca?

e Tha **24** rothan air **ceithir** làraidhean co-ionann.

Cia mheud roth a th' air gach làraidh?



**Cuimhnich**

Sgrìobhaidh sinn 48 ÷ 4 = .... mar:- $4\overline{)48}$ → 12

Cia mheud 4 a th' ann an 4? Tha 1

Cia mheud 4 a th' ann an 8? Tha 2

   c Sgrìobh ràithean na bliadhna anns an òrdugh cheart.

2. Dè na làithean den t-seachdain air am bi thu a' dol don sgoil?

3. Sgrìobh na **làithean a tha a dhìth**:-

**a** Diluain, Dimàirt, Diciadain, ..................., Dihaoine.

**b** Diciadain, Diardaoin, ..................., Disathairne, Didòmhnaich.

**c** Dihaoine, ..................., Didòmhnaich, Diluain.

**d** Dimàirt, ..................., Diardaoin, ..................., Disathairne.

4. Sgrìobh na **mìosan a tha a dhìth**:-

**a** Am Faoilleach, An Gearran, Am Màrt, ..................., An Cèitean.

**b** An t-Ògmhios, An t-Iuchar, ..................., An t-Sultain, An Dàmhair.

**c** An Giblean, ..................., An t-Ògmhios, ..................., An Lùnastal.

**d** An t-Samhain, ..................., Am Faoilleach, ..................., Am Màrt.

5. **a** Dè an **ràith** sam bi na duilleagan a' tuiteam far chraobhan?



**b** Dè an **ràith** sam biodh tu an dùil ri sneachda?

6. 


**a** Dè a' **mhìos** anns a bheil **an Nollaig**?

**b** Dè a' **mhìos** anns am bi **teintean-ealain** againn?

**c** Dè a' **mhìos** anns a bheil **Oidhche Shamhna**?

**d** Dè a' **mìhos** a th' ann an-dràsta?



7. a Dè an latha a thig an dèidh Diardaoin?

b Dè an latha a thig ro Là na Sàbaid?

c Dè an latha a thig an dèidh Disathairne?

d Dè an latha a thig ro Dhiardaoin?



8. a Dè a' mhìos a thig an dèidh a' Mhàrt?

b Dè a' mhìos a thig ron Iuchar?

c Dè a' mhìos a thig an dèidh na Sultain?

d Dè a' mhìos a thig ron Lùnastal?

e Dè a' mhìos a thig ron t-Samhain?

f Dè a' mhìos a thig an dèidh a' Chèitein?

g Dè a' mhìos a thig ron Fhaoilleach?





9. Dè an latha a tha:-

a 3 latha an dèidh Diardaoin

b 2 latha ro Dhisathairne

c 5 latha an dèidh Dihaoine

d 7 latha ro Dhiluain?

10. Dè a' mhìos a tha:-

a 2 mhìos an dèidh an Ògmhios

b 3 mìosan ron Lùnastal

c 5 mìosan an dèidh an Iuchair

d 4 mìosan ron Ghearran?

## An Uair

Nuair a tha an spòg **MHÒR** aig **12**, tha an spòg **BHEAG** ag innse dhut gu dè an **uair** a tha e.



Tha an cloc ag ràdh

**4 uairean.**



## Eacarsaich 2

1. Sgrìobh an uair a th' air gach cloc:-



Nuair a tha an spòg **MHÒR** aig **6** tha e aig **leth-uair an dèidh** na h-uarach. Bidh an spòg **BHEAG** dìreach **seachad** air an uair.





**leth-uair an dèidh**



Tha an cloc ag ràdh **leth-uair an dèidh 2**.

2. Sgrìobh an uair a th' air gach cloc:-

a



b



c



d



e



f



g



h



i



Duilleag-obrach 13·2

Nuair a tha an spòg **MHÒR** aig **3** tha e **cairteal an dèidh** na h-uarach.



Tha an cloc ag ràdh **cairteal an dèidh 8.**



Nuair a tha an spòg **MHÒR** aig **9** tha e aig **cairteal ron** uair.



Tha an cloc ag ràdh **cairteal gu 6**.

**3.** Sgrìobh an uair a th' air gach cloc:-

**a**



**b**



**c**



**d**



**e**



**f**



**g**



**h**



**i**



4. Sgrìobh an uair a th' air gach cloc:-




Duilleag-obrach 13·3

## Clocaichean Didseatach

**Tha 60 mionaid ann an uair.**

Leth-uair an dèidh aig 30 mionaid an dèidh

Cairteal an dèidh aig 15 mionaidean an dèidh

Cairteal gu aig 15 mionaidean gu




Air clocaichean didseatach tha an uair ann am figearan a-mhàin.




8:00 = 8 uairean.

2:30 = leth-uair an dèidh 2.

6:15 = cairteal an dèidh 6.

3:45 = cairteal gu 4.

45 mionaidean an dèidh 3
= 15 mionaidean gu 4.

### Eacarsaich 3

Duilleag-obrach 13·4

1. Ann am faclan, sgrìobh an uair a th' air gach cloc:-

a 4:30 (leth-uair ...)

b 5:15

c 1:45

d 8:30

e 9:15

f 6:45

g 9:30

h 1:15

i 5:45

## 2. Dèan dealbh de chloc didseatach airson gach uair a leanas:-

a




b




c




d



e



f



g



h



i



## 3. Sgrìobh gach uair air cloc didseatach:-

a leth-uair an dèidh 9

b cairteal an dèidh 1

c cairteal gu 9

d cairteal an dèidh 3

e cairteal gu 12

f leth-uair an dèidh 6

Eacarsaich 4

LEUDACHADH

1. a Cia mheud **uair** a tha eadar 2 uair is 5 uairean?

b Cia mheud **uair** a tha eadar 3 uairean is 8 uairean?

c Cia mheud **uair** a tha eadar 12 uair is 3 uairean?

d Cia mheud **uair** a tha eadar 5 uairean is 11 uair?



2. Cia mheud **uair** a tha:-

a eadar leth-uair an dèidh 3 is leth-uair an dèidh 5?

b eadar leth-uair an dèidh 6 is leth-uair an dèidh 11?

c eadar cairteal an dèidh 2 is cairteal an dèidh 7?

d eadar cairteal an dèidh 8 is cairteal an dèidh 12?

e eadar cairteal gu 5 is cairteal gu 12?

f eadar cairteal gu seachd is cairteal gu deich?

3. Seo an cloc a th' ann an stèisean nam busaichean.




a Dè an uair a th' air a' chloc?

b Tha mi a' falbh air a' bhus aig cairteal gu dhà.

Cia mheud mionaid gus am falbh am bus?

c Bidh Seonaidh a' falbh air a' bhus an ceann 45 mionaidean.

Cuin a bhios am bus a' falbh?

d Bidh bus a' bhaile a' falbh an ceann 1 uair is 30 mionaid.

Dè an uair aig am bi am bus a' bhaile a' falbh?



# Geàrr-chunntas

1. a Sgrìobh **làithean na seachdain** anns an **òrdugh cheart**.
   b Sgrìobh **mìosan na bliadhna** anns an **òrdugh cheart**.
   c Sgrìobh **ràithean na bliadhna** anns an **òrdugh cheart**.

2. Sgrìobh gach facal a tha **a dhìth**:-

   a Dihaoine, ...................., Là na Sàbaid, Diluain.
   b An Giblean, ......, An t-Ògmhios, ..........., An Lùnastal.

3. a Dè an latha a tha a' tighinn **ro Là na Sàbaid**?
   b Dè a' **mhìos** a tha a' tighinn **ron Iuchar**?
   c Dè an **latha** a tha a' tighinn **6 latha an dèidh Dihaoine**?
   d Dè a' **mhìos** a tha a' tighinn **3 mìosan ron Lùnastal**?

4. Sgrìobh an uair a th' air gach cloc:-

a

b

c

d


5. **Ann am faclan**, sgrìobh an uair a th' air gach cloc:-

a


b


c



6. **Dèan dealbh de chlocaichean didseatach** a' sealltainn **gach** uair:-

   a leth-uair an dèidh **3**  b cairteal an dèidh **4**  c cairteal gu **8**.

# Caibideil 14




## Suidheachadh

Seall air plan' a' chlas.

Bho bhòrd an tidseir,




Tha Ailig **air cùl** Iain.

Tha Màiri air taobh **deas** Iain.

Tha Màiri **air beulaibh** Ella.

## Eacarsaich 1

1. Seall air a' phlana **gu h-àrd**.
   Tha an tidsear a' coimhead air a' chlas.

   a Cò tha **air cùl** Sàra?

   b Cò tha **air beulaibh** Ailig?

   c Cò tha **deas** air Ailig?

   d Cò tha **clì** air Màiri?

   e Cò tha air taobh **clì** Ella?



2. Seall air plana a' chlas.




a Cò tha **air cùl** Iain?

b Cò tha **air cùl** Joe?

c Cò tha **air beulaibh** Zak?

d Cò tha **air beulaibh** Ali?



e Cò tha air taobh **deas** Anna?

f Cò tha air taobh **deas** Teri?

g Cò tha air taobh **clì** Shìm?

h Cò tha air taobh **clì** Chaluim?

i Cò **as fhaide** bho Ailig?

3. Tha na duaisean air 2 sgeilp.

a Dè tha **fon** teadaidh?

b Dè tha **os cionn** na tanca?

c Dè tha air taobh **deas** na doile?

d Dè tha air taobh **clì** a' phlèan?







Duilleag-obrach 14·1

## A' tionndadh tro cheàrn ceart

Tha spògan a' chloc a' gluasad **deasail**.

'S e **tuathal** an rathad eile, an aghaidh sin.




**Eisimpleir**

Tòisich aig **12.**

Tionndaidh **tuathal** tro aon cheàrn ceart.

Tha sin gad thoirt gu **9**.



## Eacarsaich 2




1. Tòisich aig **12**. Tionndaidh **deasail** tro aon cheàrn ceart.
   Dè an àireamh aig an stad thu?

2. Bho **3**, tionndaidh **deasail** tro aon cheàrn ceart.
   Dè an àireamh aig an stad thu?

3. Bho **3**. Tionndaidh **tuathal** tro aon cheàrn ceart.
   Dè an àireamh aig an stad thu?

4. Bho **6.** Tionndaidh **tuathal** tro **dà** cheàrn cheart.
   Dè an àireamh aig an stad thu?

5. Bho **5**. Tionndaidh **deasail** tro aon cheàrn ceart.
   Dè an àireamh aig an stad thu?

## Cairteal-cuairt agus leth-chuairt

Tha **cuairt iomlan** = 4 ceàrnan cearta.




Tha **leth-chuairt** = 2 cheàrn ceart.




Tha **cairteal-cuairt** = aon cheàrn ceart.



## Eacarsaich 3

1. Tòisich aig 12. Tionndaidh **cuairt iomlan deasail**.
   Dè an àireamh aig an stad thu?




2. Tòisich aig 3. Tionndaidh **leth-chuairt deasail**.
   Dè an àireamh aig an stad thu?

3. Tòisich aig 3. Tionndaidh **cairteal-cuairt tuathal**.
   Dè an àireamh aig an stad thu?

4. Tòisich aig 6. Tionndaidh **cairteal-cuairt tuathal**.
   Dè an àireamh aig an stad thu?

5. Tòisich aig 5. Tionndaidh **leth-chuairt deasail**.
   Dè an àireamh aig an stad thu?

6. Tòisich aig 5. Tionndaidh **cairteal-cuairt tuathal**.
   Dè an àireamh aig an stad thu?



# Stiùireadh slighe

**Eisimpleir**

Tha Ben a' dol tron ioma-shlighe.

Seo an stiùireadh a fhuair e airson faighinn tron ioma-shlighe.







## Eacarsaich 4

1. Sgrìobh stiùireadh na slighe seo.

   Ath-sgrìobh agus crìochnaich:-

   Coisich ... ceumannan
   Tionndaidh gu do làimh .....
   Coisich ... cheum
   Tionndaidh gu do làimh .....
   Coisich ... ceumannan



2. Sgrìobh an stiùireadh a dh'fheumas Iain airson faighinn tro gach ioma-shlighe.

a



b



## Slighean nas Doirbhe




Coisich 5 ceumannan
Tionndaidh gu do làimh dheis
Coisich 2 cheum

*(Tha aghaidh Iain ri bonn na duilleig.)*

Tionndaidh gu do làimh chlì
Coisich 2 cheum

3. Sgrìobh an stiùireadh airson na slighe seo.
Ath-sgrìobh agus crìochnaich:-



Coisich ... ceumannan
Tionndaidh gu do làimh .....
Coisich ... cheum
*(Tha aghaidh Iain ri bonn na duilleig.)*
Tionndaidh gu do làimh .....
Coisich ... ceumannan

4. Sgrìobh stiùireadh do Bhen airson faighinn tro gach ioma-shlighe:-

a



b



c



d



Duilleag-obrach 14·2

## Àirdean na combaist

Bidh sinn a' cleachdadh combaist airson **stiùiridhean**.

Seo ceithir prìomh àirdean na combaist:

**Tuath (T),**

**Deas (D),**

**An Ear (E),**

**An Iar (I).**




## Eacarsaich 5

1. **Ath-sgrìobh** agus **crìochnaich** an diagram.




2. Bha Seumas a' coimhead gu **Tuath**.
   Thionndaidh e **deasail** tro **aon cheàrn ceart**.
   Dè an àird dom bi Seumas a' coimhead a-nis?




3. Bha Ben a' coimhead gu **Tuath**. Thionndaidh e **leth-chuairt deasail**.
   Dè an àird dom bi Ben a' coimhead a-nis?

4. Bha Lucy a' coimhead don **Iar**.
   Thionndaidh i **cairteal-cuairt tuathal**.
   Dè an àird dom bi Lucy a' coimhead a-nis?



5. Bha Sìne a' coimhead don **Ear**.
   Thionndaidh i **tuathal** tro **thrì ceàrnan cearta**.
   Dè an àird dom bi Sìne a-nis a' coimhead?



## Diagram cho-chomharran



Faodaidh sinn suidheachadh rudeigin innse le **DIAGRAM CHO-CHOMHARRAN.**

Innsidh sinn an suidheachadh le bhith a' faicinn dè **a' cheàrnag** anns a bheil an rud air an diagram.




'S e **Bd** suidheachadh a' **choin**.

Tha an **cat** ann an **Eb**.

Tha an **luch** ann an **Cc**.

**Tarsainn** an toiseach, an uair sin **suas**.

## Eacarsaich 6




1. Seall air an diagram seo.
   Sgrìobh suidheachadh:-

   a an **leòmhainn**.

   b a' **phanda**.

   c an **tìgeir**.

   d an **t-sioraif**.

   e an **ailbhein**.

2. Seall air an diagram seo.

Càit a bheil iad seo:-

a a' cheàrnag **ghorm**

b a' cheàrnag **uaine**

c a' cheàrnag **dhearg**

d a' cheàrnag **dhonn**

e a' cheàrnag **phinc**?




3.




a Dè th' ann an Cd?

b Dè th' ann an Ac?

c Dè th' ann an Ec?

d Dè th' ann am Ba agus Ca?

e Dè th' ann an Ea?

f Dè th' ann an Ee?

'S iad Aa agus Da na bogsaichean falamh ann an sreath a.

g Sgrìobh an suidheachadh aig gach bogsa falamh ann an sreath c.

4. Tha litrichean agus àireamhan air an diagram seo.

Am faic thu gu bheil a' cheàrnag **ghorm** aig C2 ?

Càit a bheil:-

a a' cheàrnag **dhearg**.

b a' cheàrnag **phinc**.

c a' cheàrnag **uaine** .

d a' cheàrnag **dhonn**?




5. An seo chì thu pàircean air tuathanas far a bheil bàrr is beathaichean.

a Sgrìobh suidheachadh **gach pàirce**.

(Eisimpleir: tunnagan - B1)

b Sgrìobh suidheachadh gach ceàrnaig **phinc** den **rathad**.

c Sgrìobh suidheachaidhean nam **pàircean falamh**.



Cleachd **Duilleig-obrach 14·3** agus dèan **ceistean 6 gu 8.**

6. **Cleachd Diagram 1** air an duilleig-obrach.

   a  Cuir **dearg** ann am **B2**

   b  Cuir **gorm** anns na ceàrnagan seo :  **A2,  D5,  E1.**

   c  Cuir **donn** ann an **C1**, **C4** agus **E3**.

   d  Cuir **pinc** ann an **A4** agus **B5**.




7. **Cleachd diagram 2** air an duilleig-obrach.

   a  Cuir **gorm** anns na ceàragan seo:-

      **Bb, De, Ea** agus **Ae**.

   b  Cuir **dearg** anns na ceàrnagan seo:-

      **Ce, Cc, Aa** agus **Ec**.




8. **Cleachd diagram 3** air an duilleig-obrach.

   a  An turas seo, dèan pàtran dhut fhèin, a' cleachdadh dhathan.

   b  Airson gach ceàrnaig air an do chur thu dath, sgrìobh an dath agus an suidheachadh.

      (**Eisimpleir** : **dearg - B2**).

**Duilleag-obrach 14·4**

# Geàrr-chunntas

1. Tha an tidsear na sheasamh air beulaibh a' chlas :-




a Cò th' air **cùlaibh** **Zak**?

b Cò th' air **beulaibh** **Ailein**?

c Cò tha air taobh **deas** **Jon**?

d Cò tha air taobh **clì** **Teri**?

e Cò **as fhaide** o **Chalum**?

2. Coimhead air a' chloc.




a Tòisich aig **6**. Tionndaidh **deasail** tro aon cheàrn ceart. Càit a bheil thu?

b An turas seo, tòisich aig **3**. Tionndaidh cairteal-cuairt **tuathal**. Càit a bheil thu?

3. Sgrìobh stiùireadh a bheir **Ben** tron ioma-shlighe.

Tòisich le:- **" Coisich 2 cheum, tionndaidh ....."**



4.



Sgrìobh stiùireadh airson **Ailig**.

5. a **Ath-sgrìobh** agus **cuir crìoch** air an diagram seo.

b Bha Niall a' coimhead gu **Deas**.
Thionndaidh e **deasail** tro
**aon cheàrn ceart**.



Dè an àird dom bi Nick a' coimhead a-nis?




c



Bha Ben a' coimhead an **Iar**.

Thionndaidh e **leth-chuairt tuathal**.

Dè an àird dom bi Ben a' coimhead a-nis?

6. Seall air an diagram.

Càit a bheil:-

a **an cearcall gorm**

b **an triantan uaine**

c **a' cheàrnag dhearg**

d **an rionnag dhonn**

e **an daoimean pinc.**




7. Le rùilear, dèan diagram mar seo le:-

Ceàrnagan a' dol **tarsainn** bho **A** gu **F**.

Ceàrnagan a' dol **suas** bho **1** gu **6**.

Cuir dath air na ceàrnagan seo:-

**C3 gorm**, **E6 dearg**, **A2 pinc**, **D4 uaine**.



# Caibideil 15

Na **cleachd àireamhair** 




## A' tomhas

Faodaidh tu faid a' thomhas ann an iomadh dòigh.
Tomhaisidh **rùilear** faidean beaga ann an **ceudameatairean**.




*Tha ceudameatairean sgrìobhte mar **cm***

Tomhaisidh **teip-tomhais** faidean nas motha ann am **meatairean**.



*Tha meatairean sgrìobhte mar **m***

## Eacarsaich 1

1. Dè bhiodh agad (rùilear no teip-tomhais) airson na leanas a thomhas:-

   **a** faid peansail  **b** faid pìos fiodha

   **c** àird dorais  **d** leud na duilleig seo

   **e** faid do rùm-cadail  **f** faid do chorraig?

2. Sgrìobh faidean nan loidhnichean seo ann an ceudameatairean:-



3. Le **do rùilear fhèin**, tomhais na loidhnichean seo agus sgrìobh sìos na freagairtean agad.



a

b

c

d

e

f

g

4. Tomhais agus sgrìobh gach meud:-

a



b



c



d



e



Duilleag-obrach 15·1

5. Dèan loidhnichean sa bheil na faidean seo, agus cuir leubailean orra:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a 3 cm | b 9 cm | c 14 cm | d 1 cm |
| e 16 cm | f 7 cm | g 4 cm | h 11 cm. |

6. Tomhais **faid** gach loidhne anns na cumaidhean seo agus sgrìobh do fhreagairtean.

a 

b 

c 

d 

7. a Le rùilear, dèan **ceart-cheàrnach** anns a bheil faid **5 cm** is leud **3 cm**.

b Dèan ceart-cheàrnach sa bheil faid **8 cm** is leud **6 cm**.

c Dèan **ceàrnag** le faid **7 cm** anns na ceithir taobhan.

8. a Dè a' bhiastag **as lugha** (1 no 2)?

 1  2

b Dè na taidhrichean **as caoile**?

1  2 

c Dè an lus **as àirde**?

 1  2

d Dè an doras as **leatha**?

 1  2

e Dè a' bhruis as **fhaide**?

 1  2

# A' tomhas ann am meatairean

Uaireannan, airson faidean nas motha, 's fheàrr an tomhas ann am **meatairean (m)**.
An seo, feumaidh tu:-

- **1 mhaide-meatair** no
- stiall pàipeir sa bheil faid **1 mheatair**, air a comharrachadh ann an $\frac{1}{4}$ **meatairean.**







## Eacarsaich 2

Faigh stiall pàipeir, mar a chì thu gu h-ard, bhon tidsear.

1. Seo bòrd anns a bheil faid **meatair** agus **trì** $\frac{1}{4}$.




Cleachd an stiall, tomhais is sgrìobh:-

a **leud** bòrd an tidseir.

b **leud** do bhùird fhèin.

c **leud** an rùm-teagaisg.

d **àirde** an dorais.

e **faid** an rùm-teagaisg.



2. Faighnich don tidsear am faod thu rudan eile anns an rùm, no ann an àite eile, a thomhas.

3. Dh'fhaodadh tu cuid a rudan a thomhas aig an taigh a' cleachdadh maide-meatair. (do rùm-cadail, faid an amair...)

# Meatairean agus Ceudameatairean

**1 Mheatair = 100 ceudameatair**

Gu tric, tha maide-meatair air a roinn ann an 100 pìos beag.

Canaidh sinn 1 cheudameatair (1 cm) ris gach pìos beag.




**Eisimpleirean** On a tha 1 mheatair = 100 ceudameatair



=> 2 mheatair = 200 cm

meatair = m
ceudameatair = cm

=> 7 meatairean = 700 cm

=> 4 m 30 cm = (400 + 30) cm = 430 cm

=> 9 m 65 cm = (900 + 65) cm = 965 cm

## Eacarsaich 3

1. Cuimhnich:- 1 mheatair = 100 cm. Cia mheud cm a th' ann an:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a 1 m | b 5 m | c 8 m | d 3 m |
| e 9 m | f 7 m | g 6 m | h 10 m |
| i 4 m | j 11 m | k 12 m | l 15 m ? |

2. 100 cm = 1 mheatair. Cia mheud meatair a th' ann an:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a 400 cm | b 800 cm | c 200 cm | d 500 cm |
| e 700 cm | f 1000 cm | g 300 cm | h 900 cm ? |

3. Ath-sgrìobh agus crìochnaich:-

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| a | 1 mheatair 20 ceudameatair | = | 1 m 20 cm | = | ........... cm |
| b | 2 mheatair 50 ceudameatair | = | 2 m ...... cm | = | ........... cm |
| c | 5 meatairean 40 ceudameatair | = | ..... m ..... cm | = | ........... cm |
| d | 6 meatairean 90 ceudameatair | = | ..... m ..... cm | = | ........... cm |
| e | 1 mheatair 35 ceudameatairean | = | ..... m ..... cm | = | ........... cm |
| f | 8 meatairean 25 ceudameatairean | = | ..... m ..... cm | = | ........... cm |
| g | 4 meatairean 5 ceudameatairean | = | ..... m ..... cm | = | ........... cm |
| h | 8 meatairean 7 ceudameatairean | = | ..... m ..... cm | = | ........... cm |

4. Ath-sgrìobh agus crìochnaich:-

| | | | | | |
|---|---|---|---|---|---|
| a | 210 cm | = | 2 m 10 cm | = | 2 mheatair.......ceudameatairean |
| b | 314 cm | = | 3 m ...... cm | = | ......meatairean ......ceudameatairean |
| c | 684 cm | = | ...... m ...... cm | = | ......meatairean......ceudameatairean |
| d | 490 cm | = | ...... m ...... cm | = | ......meatairean...... ceudameatair |
| e | 536 cm | = | ...... m ...... cm | = | ......meatairean ......ceudameatairean |
| f | 761 cm | = | ...... m ......cm | = | ...... meatairean ......cheudameatair |
| g | 301 cm | = | ...... m ...... cm | = | ......meatairean ......cheudameatair |
| h | 905 cm | = | ...... m ...... cm | = | ......meatairean...... ceudameatairean |

**5.** Tha sligeanach a' coiseachd **950 cm** gu pìos leiteas.

Sgrìobh seo ann am **meatairean** agus **ceudameatairean**.



**6.**



Tha càr beag a' dol timcheall traga anns a bheil faid **408 cm**.

Sgrìobh seo ann am **meatairean** agus **ceudameatairean**.

**7.** Tha faid **6 m 75 cm** ann an ròpa.

Sgrìobh seo ann an **ceudameatairean**.



**8.**



Roilig ball **8 meatairean** agus **5 ceudameatairean**.

Cia mheud **ceudameatair** a rolig e?

**9.** Tha àirde **5 m 32 cm** anns an t-sioraf seo.

Sgrìobh seo ann an **ceudameatairean**.



**10.**



Bhuannaich Ben an leum-fhada aig Latha-spòrs na Sgoile a' leum **2 mheatair is aon cheudameatair**.

Sgrìobh seo ann an **ceudameatairean**.

**11.** Seo ceithir pìosan-fiodha:-




Dè **an fhaid** a th' annta uile-gu-lèir:- **a** ann an ceudameatairean

**b** ann am meatairean?

## A' leughadh teip-tomhais

Tha an t-saighead a' comharrachadh 4 cm.




An turas seo, tha an t-saighead **nas fhaisge** air 7 cm (na tha i air 8 cm).




## Eacarsaich 4

1. Dè na h-àireamhan a tha na saighdean seo a' comharrachadh?












2. Am faic thu gu bheil **a** gu h-ìosal faisg air **5 cm**?
Dè an àireamh **as fhaisg'** air gach saighid.




3. Sgrìobh an fhaid aca seo chun **a' cheudameatair as fhaisge.**

**a**




Duilleag-obrach 15·3

**b**



# Geàrr-chunntas

1. Le **rùilear**, tomhais na loidhnichean seo agus sgrìobh na freagairtean.

a

b

c



2. Tomhais àirde na coinnle agus sgrìobh an fhreagairt.

3. a Tarraing loidhne **12cm** tarsainn na duilleig.

   b Tarraing loidhne **6cm** a tha a' claonadh.

4. Cia mheud **ceudameatair** a th' ann an:-

   a 2 m   b 4 m   c 9 m   d 7 m ?

5. Cia mheud **meatair** a th' ann an:-

   a 300 cm   b 600 cm   c 800 cm   d 1000 cm ?

6. Sgrìobh 7 meatairean 45 ceudameatairean ann an ceudameatairean.

7. Sgrìobh 440 ceudameatair ann am meatairean agus ceudameatairean.

8. Cuir na faidean seo ann an òrdugh, an tè **as motha an toiseach**:-

   5 m 34 cm,   5 m 43 cm,   5 m 3 cm,   5 m 30 cm,

9. Tha àirde 1 m 25 cm anns a' mhathan. Sgrìobh sin ann an **cm**.

10. Dè na h-àireamhan **as faisg'** air na saighdean seo?





# Caibideil 16

Feumaidh tu peansailean dathte.




## A' dèanamh phàtran

Bidh sinn a' dèanmamh phàtran, le cumaidhean, dathan agus loidhnichean.




## Eacarsaich 1

Duilleag-obrach 16·1

1. Dèan dealbh den ath 2 chumadh agus cuir dath orra:-



d 

e 

2. Airson gach pàtrain, dèan dealbh de na h-ath **3 cumaidhean**:-

a 

b 

c 

d 

e 

3. Dèan pàtran grinn dathte dhut fhèin. Seall e don tidsear.

# Pàtrain le litrichean

Faodaidh sinn pàtrain a dhèanamh le bhith a' cleachdadh litrichean.

A B C D E F — 's e G an ath litir

Z Y X W V U — 's e T an ath litir

A C E G I K M — 's e O an ath litir



## Eacarsaich 2

1. Sgrìobh a h-uile litir den aibidil anns an òrdugh cheart.

2. A rèir na h-aibidil, sgrìobh an ath 2 litir anns gach pàtran:-

a G H I J K ...

b r s t u v w ...

c K J I H G ...

d k m o q s u ...

e y x w v u ...

f A D G J M ...

g AZ BY CX DW EV ...

3. Ath-sgrìobh gach liosta. Cuir a-steach na litrichean a tha a dhìth.

a A B .. D E ..

b z .. x w v .. ..

c .. g h i .. ..

d .. .. E G I K ..

4. Dèan pàtran-litrichean dhut fhèin agus seall e don tidsear.

## Pàtrain le àireamhan

Faodaidh sinn pàtrain a dhèanamh le àireamhan.

1 2 3 4 5 6 — 'S e 7 an ath àireamh

16 15 14 13 12 — 'S e 11 an ath àireamh

30 40 50 60 70 — 'S e 80 an ath àireamh



## Eacarsaich 3

1. Airson gach pàtrain, sgrìobh an ath 2 àireimh:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a | 7 8 9 10 11 ... | b | 25 26 27 28 29 ... |
| c | 23 22 21 20 ... | d | 2 4 6 8 10 12 ... |
| e | 5 10 15 20 ... | f | 11 22 33 44 55 ... |
| g | 3 6 9 12 15 ... | h | 28 24 20 16 12 ... |

2. Ath-sgrìobh gach liosta. Cuir a-steach na h-àireamhan a tha a dhìth.

| | | | |
|---|---|---|---|
| a | 5 10 .. 20 .. .. | b | 2 .. 6 8 10 .. .. |
| c | 10 .. .. 40 50 .. | d | .. .. 9 12 15 .. .. |
| e | 22 .. 18 16 .. | f | .. .. .. 18 15 12 .. |

g  65 .. 55 50 ..    h .. .. .. 33 22 11 ..

i .. .. 60 50 40    j .. .. .. 35 40 45 ..

k .. .. 53 51 .. 47 .. 43 41 .. .. .. 33

3. Sgrìobh na pàtrain seo:-

a  àireamhan cothromach suas gu 30

b  àireamhan corra suas gu 40

c  àireamhan cothromach 50 gu 70

d  àireamhan corra 80 gu 100

e  freagairtean clàr nan 2 uireadan

f  freagairtean clàr nan 3 uireadan

g  freagairtean clàr nan 4 uireadan

h  freagairtean clàr nan 5 uireadan

i  freagairtean clàr nan 10 uireadan




4. Dèan pàtrain-àireamhan eile dhut fhèin.
Seall iad don tidsear.

Duilleagan-obrach 16·2

# Geàrr-chunntas

1. Dèan dealbh den ath chumadh anns a' phàtran seo:-




2. Dèan dealbh den ath **dhà** chumadh anns a' phàtran seo:-




3. Sgrìobh an **ath** litir no an **ath** àireamh:-

a P Q R S T ..

b 21 23 25 27 29 ..

c 54 51 48 45 ..

d w u s q o m k ..

4. Cuir a-steach na litrichean no na h-àireamhan a tha a dhìth.

a 10 20 .. 40 ..

b a c e .. i k .. ..

c 35 .. .. 20 15 ..

d .. .. o n m .. ..

5. Sgrìobh pàtran nan àireamhan **corra** a tha eadar 20 agus 40.

# Caibideil 17

## Cruthan 3sh

Feumaidh tu seata de chruthan 3sh airson na ceistean seo a fhreagairt.




**Cuimhnich:-**

gu bheil cumaidhean **dà-sheallach (2sh)** còmhnard (ceàrnag, ceart-cheàrnach, triantan agus cearcall).

gu bheil cruthan **trì-sheallach (3sh) cruaidh**.

Seo cuid de **chruthan 3sh** air am bi thu eòlach mar-thà :-



ciùb



ciùbaid



siolandair



cruinne



còn

Gu h-ìosal, chì thu tuilleadh **chruthan 3sh**:-



pioramaid le bonn ceàrnagach



priosam triantanach

**Eacarsaich 1** **Duilleag-obrach 17·1**

1. Sgrìobh ainm gach crutha 3sh:-

a   

d  e  f 

2. Sgrìobh **ainm** a' chrutha 3sh seo. →



3. Seall ris gach dealbh gu h-ìosal.

Sgrìobh **ainm** gach crutha 3sh.
(Cleachd ciùb, ciùbaid, siolandair, còn, cruinne, pioramaid le bonn ceàrnagach no priosam triantanach.)

a  b 

c  d 

e  f  g  h 

4. Coimhead air na dealbhan gu h-ìosal.

Dèan liosta de na **cruthan 3sh** a th' air an cleachdadh anns gach dealbh.

a



b



c



d



e



f



g



## A' dèanamh chruthan 3sh

Faodaidh sinn cruthan 3sh a dhèanamh le cumaidhean 2sh.

Feumaidh tu **6 ceàrnagan** airson **ciùb** a dhèanamh.



Bidh gach ceàrnag na **h-aodann** den chiùb.

### Eacarsaich 2

1. Dèan liosta de na **h-aodainn** (**cumaidhean 2sh**) a dh'fheumas tu airson **a' chiùbaid** seo a dhèanamh.



2. Dèan liosta de na **h-aodainn** (**cumaidhean 2sh**) a dh'fheumas tu airson **a' chiùbaid** seo a dhèanamh.




3. Dèan liosta de **na h-aodainn** (**cumaidhean 2sh**) a dh'fheumas tu airson gach cruth gu h-ìosal a dhèanamh.

**a**



**b**



4. Ainmich gach cruth.

a Dè an cruth a th' air a dhèanamh le 6 ceart-cheàrnachan?

b Dè an cruth a th' air a dhèanamh le 6 ceàrnagan?

c Dè an cruth a th' air a dhèanamh le 4 ceart-cheàrnachan agus 2 cheàrnaig?

d Dè an cruth a th' air a dhèanamh le 2 thriantan agus 3 ceart-cheàrnachan?

e Dè an cruth a th' air a dhèanamh le 1 cheàrnag agus 4 triantain?

5. a Cunnt an àireamh oirean a th' air ciùb.

b Cunnt a-nis an àireamh oiseanan.

Am faic thu gu bheil 12 oir agus 8 oiseanan air ciùb?




6. a Cunnt an àireamh oirean a th' air ciùbaid.

b Cunnt a-nis an àireamh oiseanan.



7. a Cunnt oirean pioramaid le bonn ceàrnagach.

b Cunnt a-nis na h-oiseanan.



8. a Cia mheud oir a th' air priosam triantanach?

b Cunnt a-nis an àireamh de dh'oiseanan.



Duilleag-obrach 17·2 | Duilleag-obrach 17·3 | Duilleag-obrach 17·4

# Geàrr-chunntas

1. Sgrìobh ainm gach **crutha 3sh**:-

a 

b 

c 

d 

e 

f 

g 

2. Dèan liosta de na cruthan 3sh anns an dealbh.



3. Liost na h-aodainn (**cumaidhean 2sh**) a dh'fheumas tu airson **priosam triantanach** a dhèanamh.



4. Ainmich an **cruth 3sh** a nì thu le **4 triantain** agus **1 cheàrnag**.



5.



a Cia mheud **oir** a th' air **ciùbaid**?

b Cia mheud **oisean** a th' air **ciùbaid**?

# Caibideil 18

Na cleachd àireamhair






## Faclan co-ceangailte ri cuideam



A' tomhas **FAID**, chleachd sinn faclan leithid:-

**nas fhaide - nas giorra - nas leatha - nas cuinge - nas àirde - nas lugha.**

A' tomhas **CUIDEAM** cleachdaidh sinn:-

**nas aotruime** agus **nas truime.**









tha an t-ailbhean **nas truime** na an luch

tha am bailiùn **nas aotruime** na am plèan

## Eacarsaich 1





**1.** Cò aca **as aotruime**:-

- **a** ite no peansail
- **b** mathan no muncaidh
- **c** sèithear no sòfa
- **d** òrd no tarrag
- **e** càr no bus
- **f** duilleag no geug?

**2.** Cò aca **as truime**:-

- **a** breige no bloc concrait
- **b** ball-bòbhlaidh no ball-goilf
- **c** coimpiutair no brat-lucha
- **d** peann no prìne
- **e** bobhla-glainne no cupa plastaig
- **f** fòn no peansail
- **g** seacaid no lèine
- **h** bus no càr?

3. Cuir iad seo ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an rud **as truime**.


bearradair


ràcan-plastaig


bara-meatailt


gràpa-meatailt


tractar-lomaidh

4. Cuir iad seo ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an rud **as aotruime**.


luch


priontair


coimpiutair



diosg-bhog


laptop

5. Dè a' ghlasraich **as truime**?

**a** càl tuineap



**b** colag gràn-milis



**c** curran balgan-buachair



**d** uinnean dearg meal-bhuc



6. Dè am meas **as aotruime**?

**a** liomaid sùbh-làir



**b** ubhal peur



## A' tomhas ann an cileagraman




Tha **1 chileagram** de chuideam sa bhotal fìon agus cuideachd sa bhotal sabhs.




Coimhead air an **ubhal** seo - 

Am bi **barrachd** no **nas lugha** de chuideam ann na th' anns a' bhotal fìon?

Ma tha e **nas aotruime**, feumaidh gu bheil **nas lugha** na **1 chileagram** ann!

Faodaidh sinn **1 chileagram** a sgrìobhadh mar **1 chg.**

## Eacarsaich 2

1. Cò aca **as aotruime**:-

a


2 chg


3 cg

b


6 cg


5 cg

c


40 cg


82 chg

d


65 cg


44 cg

2. Cuir iad seo ann an òrdugh. Tòisich leis a' chuideam **as truime**.

a 3 cg, 7 cg, 4 cg.

b 9 cg, 5 cg, 12 cg.

c 13 cg, 19 cg, 16 cg.

d 27 cg, 19 cg, 21 chg, 6 cg.

e 31 chg, 38 cg, 30 cg, 33 cg

f 47 cg, 39 cg, 61 chg, 52 chg

Tha $\frac{1}{2}$cg de chuideam sa bhàr seòclaid seo.






3. Cia mheud  a tha co-ionann ri ?

4. Dè an cuideam **iomlan** (ann an **cileagraman**) a th' annta seo:-

a 


b 


c 


d 


5. Cia mheud $\frac{1}{2}$**-chileagram** a tha co-ionnan ri:-

a 1 chg     b 4 cg     c 5 cg     d 10 cg ?

6. Iarr na leanas air an tidsear: **còig rudan**, **beagan chuideaman-cg** agus **inneal-tomhais**.

**Worksheet 18·1**

Tomhais gach rud agus cuir stràc anns a' bhogsa cheart air an duilleig-obrach.

| RUD | Còrr is 1 chg | fo 1 chg | dìreach 1 chg |
| --- | --- | --- | --- |
| | | | |
| | | | |
| | | | |
| | | | |

lìon a-steach
DUILLEAG-OBRACH
18·1

7. A-nis iarr iad seo air an tidsear: **còig rudan eile**, **na cuideaman-cg**, **cuideaman-leth-chg** agus **an t-inneal-tomhais**.

Tomhais gach rud agus cuir stràc anns a' bhogsa cheart air an duilleig-obrach.

## A' leughadh innealan-tomhais




Tha 2 chg de chuideam anns na h-orainsearan




Tha 54 cg de chuideam air an inneal-tomhais seo.

## Eacarsaich 3




1. Dè an cuideam a th' anns na peuran seo?

2. Dè an cuideam a chì thu air an inneal-tomhais gu h-ìosal?




3. Seall air Duilleagan-obrach 18.2.
   Sgrìobh cuideam gach rud chun a' chileagram as fhaisge.

Duilleag-obrach 18·2

## Tomhas-lìonaidh - Ro-ràdh

**LEUDACHADH**




Is e **tomhas-lìonaidh** "na tha de **rùm** air a thoirt suas le rudeigin".
Tha an cupa a' toirt suas barrachd rùm na tha a' ghlainne.

=> Tha **tomhas-lìonaidh nas motha** anns a' chupa.

## Eacarsaich 4

1. Cò aca seo as motha a chumas:-

a amar no sinc

b spàin-tì no spàin-brot

c bhàsa no glainne

d preasa no drathair

e frids no bogsa-fuar

f àmhainn microwave no àmhainn cucair?

2. Dè **as lugha** a tha a' toirt suas de rùm:-

ball-goilf no ball-coise?




3. Cuir na rudan seo anns an òrdugh cheart.
Tòisich leis an fhear **as motha**


càr


bhana


seit-sgì


bus

4. Dè na tha de shùgh anns gach botal (ann an liotairean)?

a



teile

b



orainsear

c



dearc-dhubh

# Geàrr-chunntas

1. Sgrìobh ainm an rud **as truime** gach turas :-

a frids no àmhainn microwave b banana no meal-bhuc

c paidh-staoige no sgona d spèileabord no baidhsagal.

2. Cuir na h-ainmhidhean ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an fhear **as aotruime.**



bò cearc buabhall dealan-dè gobhar

3. Cuir gach liost' ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis a' chuideam **as aotruime.**

a 7 cg, 12 cg, 2 chg. b 51 chg, 37 cg, 73 cg.

4. Tha an duine a' togail **100** cuideam aig $\frac{1}{2}$ chg an urra.
Cia mheud cileagram **slàn** a tha e a' togail?



5. Tha **6 cg** ann an baga thofaidhean.
Tha mi airson an cur ann am bagaichean $\frac{1}{2}$ chg.
Cia mheud baga a nì mi?



6. Sgrìobh na cuideaman a th' air na h-innealan-tomhais gu h-ìosal:-

a




b



# Caibideil 19

Na cleachd àireamhair 






**1.** Sgrìobh na h-àireamhan a leanas **ann am faclan**:-

**a** 87 **b** 326 **c** 508 **d** 790.

**2.** Sgrìobh na h-àireamhan a leanas le **figearan**:-

**a** seachdad 's a trì **b** sia ceud 's a seachd-deug

**c** ceithir cheud 's a seasgad **d** naoi ceud 's a dhà.

**3.** Dè an àireamh a tha a' tighinn:-

**a** 10 **an dèidh** 206 **b** 100 **ro** 517 **c** 50 **an dèidh** 316

**d** 200 **ro** 640 **e** 20 **ro** 350 **f** 400 **an dèidh** 428

**4.** Cuir iad seo ann an òrdugh (am fear **AS MOTHA** an toiseach):-

**a** 299, 196, 310, 470, 89, 306, 401.

**b** 706, 698, 700, 688, 704, 716, 697, 678.

**5.** **Dèan copaidh** dhiubh seo is cuir dath ann air $\frac{1}{2}$ de gach aon:-

**a**



**b**



**c**



**6.** **Dèan copaidh** dhiubh seo is cuir dath air $\frac{1}{4}$ de gach aon:-

**a**



**b**



**c**



7. a Airson **leth** de rud fhaighinn, cò leis a bhios tu ga roinn?

   b Airson **cairteal** de rud fhaighinn, cò leis a bhios tu ga roinn?

8. Cheannaich Lucy meal-bhuc air **47sg**.





   a Dè an iomlaid a fhuair i à **£1**?

   b Dè na buinn a dh'fhaodadh a bhith san iomlaid?

9. a Cia mheud **bonn 5sg** a gheibh Lucy airson **aon** bhonn 50sg?

   b Cia mheud **bonn 10sg** a gheibh Lucy airson **ceithir** buinn 20sg?

   c Cia mheud **bonn 2sg** a gheibh Lucy airson **trì** buinn 10sg?

10. Dèan iad seo **nad cheann**:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a 6 + 4 | b 43 + 5 | c 80 − 30 | d 120 + 70 |
| e 69 − 5 | f 22 − 7 | g 500 − 200 | h 280 + 30 |

11. **Obraich a-mach**:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a $\begin{array}{r} 61 \\ +\ 37 \\ \hline \end{array}$ | b $\begin{array}{r} 39 \\ +\ 42 \\ \hline \end{array}$ | c $\begin{array}{r} 88 \\ -\ 34 \\ \hline \end{array}$ | d $\begin{array}{r} 61 \\ -\ 57 \\ \hline \end{array}$ |

12. Dèan iad seo **nad cheann**:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a $3 \times 8$ | b $4 \times 9$ | c $5 \times 7$ | d $2 \times 8$ |
| e $10 \times 7$ | f $18 \div 2$ | g $5\overline{)15}$ | h $32 \div 4$ |
| i $10\overline{)70}$ | j $5 \times 6$ | k $21 \div 3$ | l $60 \div 10$ |

13. **Lorg**:-

| | | | |
|---|---|---|---|
| a $\begin{array}{r} 42 \\ \times 4 \\ \hline \end{array}$ | b $\begin{array}{r} 24 \\ \times 5 \\ \hline \end{array}$ | c $\begin{array}{r} 73 \\ \times 10 \\ \hline \end{array}$ | d $3\overline{)45}$ |
| e $10\overline{)270}$ | f $65 \div 5$ | g $45 \times 3$ | h $4\overline{)68}$ |

14. Roinn Lucy, Ben, Nick is Sìne **64sg gu cothromach** eatarra.

Dè fhuair Nick?





15. a Dè chosg **4** sèithrichean ma tha gach fear a' cosg **£22**?

b Tha **15 graman** ann am briosgaid. Dè an cuideam a th' ann an **4** dhiubh?

16. Cruinnich iad seo chun an **10** as fhaisge:-

a 72 b 59 c 24 d 18.

17. a Cruinnich 83 chun an **10** as fhaisge.
b Cruinnich 38 chun an **10** as fhaisge.

18. Lorg:- a $\frac{1}{2}$ de £24 b $\frac{1}{2}$ de 82 g c $\frac{1}{4}$ de £24.

19. Coimhead air na h-àireamhan a leanas:



**51, 46, 127, 17, 92, 230, 79, 8, 804, 395.**

Sgrìobh an fheadhainn a tha nan àireamhan **CORRA** gu lèir.

20. Lorg an ath **3** àireamhan anns gach **pàtran**:-

a 4, 8, 12, 16 b 3, 6, 9, 12 c 90, 80, 70, 60

d 7, 9, 11, 13 e 1, 5, 9, 13 f 64, 62, 60, 58.

21. Cuir a-steach an ath **dhà** chumadh anns gach pàtran:-

a 

b 

c 

d 

22. Cuir a-steach na h-àireamhan a tha a dhìth:-

a 7 + ... = 12 b 18 - ... = 14 c 4 x .... = 24

d 45 ÷ ... = 9 e ... - 6 = 11 f ... ÷ 3 = 5.

23. Cuir a-steach an soidhne (+, −, ×, ÷) a tha a dhìth:-

a 3 .... 8 = 24  b 4 .... 4 = 8  c 20 .... 2 = 10  d 20 .... 8 = 12.

24. Dè na h-àireamhan a tha na saighdean a' comharrachadh?







25. Cuir iad seo ann an òrdugh (an fhaid as motha an toiseach):-

95 cm, 1 m 93 cm, 99 cm, 115 cm, 1 m 7 cm

26. CUIR:-

a 2 mheatair 65 ceudameatairean ann an ceudameatairean

b 3 m 48 cm ann an cm  c 2 m 7 cm ann an cm

d 520 cm ann an m is cm  e 309 cm ann am m agus cm.

27. Sgrìobh na h-uairean:-

a




b




28. Sgrìobh na h-uairean "didseatach" seo ann am faclan:-

a




b




29. Cuir iad seo ann an òrdugh, a' tòiseachadh leis an fhear as tràithe:-

18 Cèitean, 2 Iuchar, 30 Cèitean, 24 Ògmhios.

**30.** Cuir iad seo ann an òrdugh. (A' mhìos as tràithe an toiseach)

**An Gearran, An t-Samhain, An t-Sultain, An t-Iuchar, An Cèitean**

**31.** Dè na h-ainmean matamataigeach a th' air na cumaidhean seo:-

a 

b 

c 

d 

**32.** Dè na h-ainmean matamataigeach a th' air na cruthan **cruaidhe** seo:-

a 

b 

c 

d 

e 

f 

g 



**33.** 'S e **ciùb** a chanas sinn ris a' chruth seo.



a  Cia mheud "**aodann**" a th' air ?

b  Cia mheud "**oir**" a th' air ?

c  Cia mheud "**oisean**" a th' air ?

**34.** Cia mheud **aodann**, cia mheud **oir** agus cia mheud **oisean** a th' air na cruthan seo :-

a 

b 

35. Ainmich na cumaidhean a tha **math** airson leacadh:-
*(a' còmhdachadh duilleag gun bheàrn)*

a


b


c


d


e


f


36. Tha Sìne anns a' ghàrradh.
Tha i a' coimhead air a' bhara.
Dè bhiodh i a' coimhead air:-

a nan dèanadh i **cairteal-cuairt** deasail?

b nan dèanadh i **leth-chuairt**?




37.




Dèan **copaidh** den **CHOMBAIST** seo.

Sgrìobh na 3 àirdean eile.

38. a Dè am beathach a th' ann an **D2**?

b Dè am beathach a tha **3** bogsaichean gu taobh **deas** a' bheathaich a th' ann am **B4** agus **1** bhogsa **suas** bhuaithe?



39. Ainmich na ceàrnan a tha nan **ceàrnan cearta**:-

a b c d



## 40. Faodaidh tu sgàthan a chleachdadh an seo.

Ainmich gach loidhne dhearg a tha na **loidhne-cothromachaidh**:-

a b c d e f



41. Anns a' chlàr seo gheibh thu fiosrachadh air còignear chloinne.

a Cò an 2 bhalach le **speuclairean**?

b Tha aon bhalach **cearragach**. A bheil **speuclairean** air?

c Cia mheud a tha **cearragach** air a bheil **speuclairean**?

| | Cearragach | Speuclairean |
|---|---|---|
| Tom | Tha | Chan eil |
| Nick | Chan eil | Tha |
| Lucy | Chan eil | Chan eil |
| Anne | Tha | Tha |
| Mike | Chan eil | Tha |

42. Anns a' ghraf-cholbhan chì thu an dath a th' air falt chloinne.

a Dè an dath **as neo-chumanta** a th' ann?

b Cia mheud air bheil falt dubh?

c Cia mheud a tha ruadh **a bharrachd** air na tha bàn?

